



TRANSPORT  
**SCOTLAND**  
CÒMHDHAIL ALBA

[transport.gov.scot](http://transport.gov.scot)

# Sgrìobhainn Deasbaid

## Co-chomhairle gus ro-innleachd air seirbheisean adhair fhiosrachadh

## Clàr-innse

<b>Ro-ràdh bhon Mhinistear .....</b>	<b>5</b>
<b>A' cur freagairt dhan cho-chomhairle.....</b>	<b>6</b>
A' làimhseachadh do fhreagairt .....	6
Na h-ath-cheumannan sa phròiseas.....	7
Beachdan agus gearanan.....	7
Pròiseas Co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba.....	7
<b>Adhbhar agus lèirsinn .....</b>	<b>8</b>
<b>Structar .....</b>	<b>8</b>
<b>Co-theacsa.....</b>	<b>9</b>
Cho cudromach 's a tha deagh cheanglaichean taobh a-staigh na dùthcha agus gu h-eadar-nàiseanta .....	9
Cudromachd eaconomach is shòisealta .....	9
Ceangailteachd na h-Alba ro ChCOVID-19 .....	11
COVID-19.....	12
Buaidh Àrainneachdail.....	13
Treandaichean san àm ri teachd .....	16
Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdaile .....	17
Ro-innleachdan eile aig Riaghaltas na h-Alba agus Com-pàirtichean .....	17
Dlestanasan.....	17
Riaghaltas na h-Alba.....	18
An Roinn Phriobhaideach .....	18
Sgeamaichean is aontaidhean eadar-nàiseanta .....	18
Riaghaltas na RA .....	19
Ùghdarris Itealanachd Shiobhalta .....	20
Riaghaltas na h-Alba agus na RA còmhla.....	20
Ùghdarrasan Ionadail .....	20
<b>A' gluasad gu còmhdaile adhair le beag-eimisein / gun eimiseanan .....</b>	<b>21</b>
Ro-ràdh .....	21
Amas: .....	21
Mar a choileanar an t-amas seo .....	21
Sgeama Malairt Eimiseanan na RA (ETS) and CORSIA.....	21
A' piseachadh eimiseanan bho phléanaichean air an talamh.....	22
A' piseachadh eimiseanan bho phléanaichean san adhar .....	22

A' gluasad gu agus bhon phort-adhair .....	22
Taic ri cruthachadh agus deuchainnean air soitheach-adhair beag-eimisein/gun eimisein.....	22
Connadh adhair Seasmhach.....	24
Eadar-gluasad cothromach .....	25
<b>Ceangailteachd eadar-nàiseanta na h-Alba .....</b>	<b>27</b>
Ro-ràdh.....	27
Amas .....	27
Mar a choileanar an t-amas seo .....	27
Dòigh-obrach com-pàirteachaidh .....	27
Dùthchannan le prìomhachas .....	29
Ceanglaichean tro phuirt-adhair hub agus ceanglaichean dìreach .....	31
A' lùghdachadh na buaidh àrainneachdail de bhith a' toirt air ais ceanglaichean eadar-nàiseanta.....	31
<b>Ceangailteachd taobh a-staigh na h-Alba .....</b>	<b>33</b>
Ro-ràdh.....	33
Amas: .....	33
Mar a choileanar an t-amas seo .....	34
A' dì-charbonachadh seirbheisean adhair sgeidealaichte taobh a-staigh na h-Alba.....	34
Feumalachdan coimhairsnachdan na Gàidhealtachd is nan Eilean san àm ri teachd.....	35
Seirbheisean is faraidhean air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan .....	37
Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean .....	40
Tiocaidean plèana is trèana .....	41
<b>Bathar .....</b>	<b>43</b>
Ro-ràdh.....	43
Amas: .....	43
Mar a choileanar an t-amas seo .....	43
Ceangal ri ath-shlànnachadh agus leasachadh slighean .....	43
Puirt Uaine .....	43
Modalan lìbhrigidh ùra.....	44
<b>Amasan eile? .....</b>	<b>45</b>
<b>Na h-Ath-cheuman .....</b>	<b>45</b>
<b>Leas-phàipear A .....</b>	<b>46</b>
<b>Ceangailteachd na h-Alba ro Chovid .....</b>	<b>46</b>

Alba an comas ri sgirean a tha coltach rithe .....	47
<b>Leas-phàipear B .....</b>	<b>49</b>
Mar a chruthaich sinn an liosta de na dùthchannan aig am biodh prìomhachas .....	49
<b>Leas-phàipear C .....</b>	<b>54</b>
Cosg Riaghaltas na h-Alba air seirbheisean adhair .....	54
<b>Leas-phàipear D: .....</b>	<b>57</b>
<b>Liosta de na ceistean .....</b>	<b>57</b>
<b>FOIRM FIOSRACHAIDH MUN NEACH-FREAGAIRT .....</b>	<b>60</b>
Co-chomhairle gus Ro-innleachd air seirbheisean adhair fhiosrachadh .....	60

## Ro-ràdh bhon Mhiniștear



Tha Alba na dùthaich fhosgailte, fhàilteach le deagh cheanglaichean.

Tha na ceanglaichean adhair eadar-nàiseanta, nàiseanta agus roinneil air ar cuideachadh gus soirbheachadh gu h-eaconamach agus gu cultarail. Gheibh luchd-tadhail a dh'Alba a' faighinn tlachd bho na goireasan turasachd aig ère chruinneil; bidh na gnìomhachasan againn a' gabhail chothroman ùra bho mhalaireadair-nàiseanta; agus bidh roinn an fhoghlaim àrd-ìre againn a' cur fàilte air luchd-ionnsachaideùr bho air feadh na cruinne. Agus airson cuid de na coimhearsnachdan as iomallaiche againn, tha an t-seirbheis adhair ionadail na loidhne-beatha ro-chudromach, a tha a' cur an comas siubhal gu agus bho thìr-mòr airson gnìomhachas, turasachd, cur seachadan agus gus seirbheisean NHS fhaighinn. Tha roinn na còmhdaile adhair na fhastaiche cudromach, a tha a' lìbhrigeadh iomadh dreuchd, preantasachd agus cothrom obrach sgileil.

Tha fios againn, ge-tà, gu bheil dà dhùbhlànan mhòr ron ghniomhachas sa gheàrr-ùine agus san fhad-ùine. Thug Covid droch bhuaidh gu sònraichte air puit-adhair agus loidhnichean-adhair, agus tha na gealltanasan againn a thaobh cothromachadh carboin a' ciallachadh nach urrainn dhuinn cumail oirnn mar a bha sinn. Tha Riaghaltas na h-Alba air targaidean a tha air thoiseach air a' chòrr den t-saoghal a stèidheachadh a thaobh atharrachadh na gnàth-shide agus tha sinn air gealltann cothromachadh carboin a thaobh eimiseanan gasaichean an taigh-ghlainne a ruigsinn ro 2045. Bidh seo a' gabhail a-steach eimiseanan na h-Alba bho chòmhdaile adhair.

Chan eil teagamh sam bith ann nach e àm doirbh a tha seo agus tha sinn a' tuigsinn cho mòr 's a tha an dùbhlànan. Ach tha Riaghaltas na h-Alba gu mòr airson obrachadh leis an roinn gus dèanamh cinnteach gun tig sinn a-mach ann an dòigh nas treasa, agus sinn comasach air dùbhlain a thoirt do na co-fharpaisich eadar-nàiseanta againn agus gus leasachaidhean àrainneachdail ro-chudromach a lìbhrigeadh.

Airson a' chiad turais, tha Riaghaltas na h-Alba airson ro-innleachd a chruthachadh, a bhios a' coimhead air mar as urrainn dhuinn buannachdan sóisealta agus eaconomach na còmhdaile adhair fhaighinn fhathast, ach aig an aon àm a bhith a' coileanadh nan targaidean againn airson cothromachadh carboin. Tha an sgriobhainn beachdachaidh seo a' sìreadh do bheachdan air mar as urrainn dhuinn na h-amasan againn a choileanadh, gus an urrainn dhuinn an ro-innleachd againn a chur ri chèile.

Seo turas doirbh ach brosnachail far am faodadh buannachdan fior mhòr a bhith ann do dh'Alba, do na gnìomhachasan agus do na coimhearsnachdan againn. Tha sinn a' dèanamh fiughair ri ur beachdan fhaighinn.

GRAEME DEY BPA

Ministear na Còmhdaile

## A' cur freagairt dhan cho-chomhairle.

Tha sinn a' sireadh fhreagairtean dhan cho-chomhairle air loidhne gus ro-innleachd air seirbheisean adhair fhiosrachadh airson **21 Faoilleach 2022**.

Cuir do bheachdan a-steach dhan cho-chomhairle seo a' cleachdad hub co-comhairleachaiddh Riaghaltas na h-Alba, [Citizen Space](#).

### Gheibhear a' cho-chomhairle agus faodar a freagairt air-loidhne aig

Faodaidd tu an fhreagairt a shàbhaladh is tilleadh thuice fhad 's a tha a' cho-chomhairle fosgailte. Dèan cinnteach gun tèid freagairtean na co-chomhairle a chur a-steach ron cheann-latha mu dheireadh, 21 Faoilleach 2022.

Mur a bi e comasach dhut freagairt tron hub co-chomhairleachaiddh againn, cuir am Foirm Fiosrachaiddh mun Neach-freagairt gu:

Sgioba na Còmhail Adhair

Riaghaltas na h-Alba

Taigh Bhochanan

58 Rathad Port Dundas,

Glaschu, G4 0HF

## A' làimhseachadh do fhreagairt

Ma tha thu a' freagairt tron hub co-chomhairleachaiddh, thèid do chur air adhart chun na duilleig "Mu do Dheidhinn" mus cuir thu do bheachd air ais. Innis dhuinn mar bu chòir dhuinn dèiligeadh ris an fhreagairt agad, agus gu sònraichte a bheil thu toilichte gun tèid an fhreagairt agad fhoillseachadh. Ma dh'iarras tu nach tèid do fhreagairt fhoillseachadh, bidh sinn ga meas diomhair agus a' dèiligeadh rithe mar sin.

Bu chòir a h-uile neach-freagairt a bhith mothachail gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' tighinn fo ullachaidhean Achd Saorsa an Fhiosrachaiddh (Alba) 2002 agus mar sin, gum biodh aige ri beachdachadh air iarrtas sam bith a rinneadh dha fon Achd co-cheangailte ri freagairtean dhan cho-chomhairle seo.

Mur a h-eil e comasach dhut freagairt tro Citizen Space, lìon agus cuir air ais am Foirm Fiosrachaiddh mun Neach-freagairt a tha an cois na sgriobhainn seo.

Gus faighinn a-mach mar a làimhsicheas sinn an dàta pearsanta againn, faic am [poileasaidh priòbhaideachd](#) againn:

## Na h-ath-cheumannan sa phròiseas

Far a bheil luchd-freagairt air cead a thoirt gun tèid an fhreagairt aca fhoillseachadh, agus an dèidh dhuinn dearbhadh nach eil stuth cliù-mhillteach annnta, [bidh freagairtean rim faighinn gu poblach](#). Ma chleachdas tu an hub co-chomhairleachaidh gus freagairt, gheibh thu lethbhreac den fhreagairt agad tro phost-d.

Às dèidh a' chinn-latha mu dheireadh airson freagairtean, thèid anailis a dhèanamh air gach freagairt agus thèid beachdachadh air cho math ri fianais sam bith eile a tha ri fhaighinn gus ar cuideachadh. Thèid freagairtean fhoillseachadh far an deach cead a thoirt dhuinn sin a dhèanamh. Bidh aithisg anailis ri faighinn cuideachd.

## Beachdan agus gearanan

Ma tha beachd sam bith agad mu mar a chaidh a' cho-chomhairle seo a dhèanamh, cur iad dhan t-seòladh conaltraidh gu h-àrd no gu [aviation.strategy.consultation@transport.gov.scot](mailto:aviation.strategy.consultation@transport.gov.scot)

## Pròiseas Co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba

Tha co-chomhairle na pàirt bhunaiteach den phròiseas gus poileasaidh a dhèanamh. Bheir e cothrom dhuinn beachdachadh air na beachdan agus sgilean agad air raon obrach a tha air a mholadh.

Gheibhear na [co-chomhairlean uile againn air-loidhne](#). Tha gach co-chomhairle a' mìneachadh nan cuspairean air a bheilear a' beachdachadh, cho math ri dòighean gus do bheachdan a thoirt dhuinn, air-loidhne, tro phost-d no tron phost.

Thèid mion-sgrùdadadh a dhèanamh air na freagairtean mar phàirt den phròiseas poileasaidh, cho math ri farsaingeachd eile de dh'fhiorsrachadh is de dh'fhiannais. Foillsichidh sinn aithisg den anailis seo airson gach co-chomhairle. A rèir nàdair na co-chomhairle, dh'fhaodte gum bi na freagairtean:

- a' sealltainn gu bheil feum air leasachadh no ath-sgrùdadadh poileasaidh
- a' fiosrachadh cruthachadh poileasaidh sònraichte
- a' cuideachadh gus co-dhùnad a dhèanamh eadar diofar mholaidhean poileasaidh
- air an cleachdad gus crìoch a chur air reachdas mus tèid a chur an sàs

Ged a dh'fhaodadh fiosrachadh mu shuidheachadh sònraichte a chaidh a mhìneachadh ann am freagairt do cho-chomhairleachadh am pròiseas poileasaidh fhiorsrachadh, chan urrainn do dh'eacarsaichean co-chomhairleachaidh dèiligeadh ri draghan agus beachdan aig daoine fa leth, a bu chòir a bhith air an cur chun na buidhne poblach iomchaidh

## Adhbar agus lèirsinn

Cuidichidh an sgriobhainn deasbaid Riaghaltas na h-Alba gus Ro-innleachd nan Seirbheisean Adhair a chruthachadh a bhios a' coileanadh na lèirsinn againn airson còmhdhail adhair:

gum bi ceangailteachd nàiseanta agus eadar-nàiseanta aig Alba a leigeas leinn na buannachdan eaconamach is sòisealta uile aig còmhdhail adhair a bhith againn agus aig an aon àm a bhith a' lughdachadh na buaidh àrainneachdail againn.

Thèid an sgriobhainn deasbaid seo a chleachdad mar bhunait airson co-chomhairle le roinn na còmhdhail adhair, gniomhachas, turasachd, coimhearsnachdan ionadail agus eile air mar as urrainn dhuinn an lèirsinn againn a choileanadh. Fiosraichidh na deasbadan seo, cho math ris na freagairtean dhan cho-chomhairle air-loidhne phoblach, mar a thèid Ro-innleachd nan Seirbheisean Adhair a chur air adhart san àm ri teachd.

Bidh Ro-innleachd nan Seirbheisean Adhair an uair sin mar bhunait dhan obair a nì Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean com-pàirtiche le roinn na còmhdhail adhair agus le buidhnean eile gus an lèirsinn againn a thoirt gu buil. A chionn 's gum bi Ro-innleachd nan Seirbheisean Adhair a' coimhead air an dà chuid amasan sa gheàrr-ùine agus san fhad-ùine, cumaidh sinn oirnn a bhith ga atharrachadh mar thoradh air trèanadh agus atharrachaidhean teicneòlasach a tha a' tighinn am bàrr.

Cha bhi Ro-innleachd nan Seirbheisean Adhair a' coimhead air a' bhun-structar còmhdhalach a tha a dhìth gus siubhal gu/bho phrìomh phuirt-adhair na h-Alba oir thathar a' dèildeadh ri seo ann an [Lèirmheas Pròiseactan Còmhdhail Ro-innleachdail 2](#).

## Structar

Tha an sgriobhainn beachdachaidh seo a' cur air adhart nan ceistean a bu mhath leinn gum freagair thu gus ar cuideachadh le bhith a' sgriobhadh Ro-innleachd Seirbheisean Adhair. Tha fiosrachadh ann, a' gabhail a-steach anns an earrainn [Co-theacs](#) gu h-ìosal gus do chuideachadh gus a' cheist a fhreagairt.

Tha na h-earrannan a leanas a' sireadh do bheachdan air mar as urrainn dhuinn ar lèirsinn a choileanadh, le fòcas air na prìomh chuspairean a leanas: còmhdhail adhair a' gluasad gu cothromachadh carboin, ceangailteachd eadar-nàiseanta na h-Alba, ceangailteachd taobh a-staigh na h-Alba agus còmhdhail bathar adhair.

Tha cruth gach earrann mar a leanas: geàrr-chunntas, amas, mar a choileanar an t-amas seo, agus ceistean rim freagairt. Tha 'an t-amas' a' cur an cèill na tha Riaghaltas na h-Alba ag iarraidh coileanadh anns gach prìomh raon, stèidhichte air ro-innleachdan agus gealltanasan a th' ann mar-thà. Ach, tha sinn fosgailte do bheachdan eile, agus anns an earrainn "[Amasan Eile?](#)" faighnidh sinn dè na h-amasan eile a bu chòir a bhith ann an Ro-innleachd nan Seirbheisean Adhair nad bheachd.

## Co-theacsa

Tha an earrann seo na gheàrr-chunntas de cho cudromach 's a tha deagh cheanglaichean taobh a-staigh na dùthcha agus gu h-eadar-nàiseanta, agus air buaidh àrainneachdail còmhail adhair. Tha e a' coimhead air treandan san fhad ùine a bharrachd air na buaidhean aig COVID-19 sa gheàrr-ùine agus sa mheadhan-ùine. Tha e a' mìneachadh cò aig a tha dleastanasan airson diofar thaobhan de phoileasaidhean còmhail adhair, agus mar as urrainn do chòmhail adhair a bhith a' cur ri coileanadh nan amasan aig Ro-innleachdan eile Riaghaltas na h-Alba.

### Cho cudromach 's a tha deagh cheanglaichean taobh a-staigh na dùthcha agus gu h-eadar-nàiseanta

Tha suidheachadh na h-Alba a' fàgail gu bheil seirbheisean adhair deatamach airson deagh cheangailteachd eadar-nàiseanta. Tha seirbheisean adhair cudromach cuideachd ann an ceanglaichean taobh a-staigh na dùthcha, a' gabhail a-steach gu coimhearsnachdan eileanach.

### Cudromachd eaconomach is shòisealta

Tha deagh cheanglaichean eadar-nàiseanta ro-chudromach gus fàs eaconomach seasmhach fhaighinn ann an Alba. Tha e a' cur an comas sruthan malairt, tasgadh, luchd-obrach, eòlas agus luchd-tadhail, a bhios na bhuanachd do gach roinn den eaonomaidh. Tha e doirbh figear mionaideach a chur air buaidh eaconomach na còmhail adhair oir tha e tòrr nas fharsainge na na buaidhean dìreach a ghabhas a thomhas gu furasta.

[Tha clàran In-chur Às-chur na h-Alba](#) a' toirt dhuinn sealladh air a' bhuaidh dhìreach aig còmhail adhair air eaonomaidh na h-Alba. Tha Còmhail Adhair a' cruthachadh mu 0.3% de Luach lomlan air a Chur ris (*Gross Value Added*) na h-Alba (£400m) ach tha às-chur aige de £2.5b or 0.6% den às-chur lomlan (oir tha mun dàrna leth na in-chur do roinnean eile).

Tha Plana fàs às-mhalairt nàiseanta Riaghaltas na h-Alba – [A Trading Nation](#) – ag aithneachadh cho fior chudromach 's a tha lònra eadar-nàiseanta de shlighean adhair a tha a' ceangal gniomhachasan Albannach ri an cuid chustamairean. Tha rannsachadh le Frontier Economics air sealltainn gu bheil gniomhachasan na RA a' dèanamh 20x a bharrachd malairt le dùthchannan le margadh a tha a' tighinn am bàrr aig a bheil seirbheis adhair làitheil dìreach chun na RA, na nì iad leis na dùthchannan aig nach eil seirbheis adhair làitheil.<sup>1</sup> Sheall rannsachadh a rinn Oilthigh Napier Dhùn Èideann gur e ceanglaichean adhair am factar còmhail as cudromiche aig gniomhachasan à thall-thairis nuair a tha iad a' dèanamh cho-dhùnaidhean mu bhith a' tasgadh san RA. Chaigh [6,438 obraighean](#) ann an Alba ainmeachadh le pròiseactan tasgaidh bho thall thairis ann an 2019 agus bha luach [£33.8 billean](#) aig às-mhalairt eadar-nàiseanta na h-Alba (gun a bhith a' gabhail a-steach ola is gas) ann an 2018.

<sup>1</sup> Frontier Economics, Connecting for Growth, September 2011

Ann an Alba, chaidh [58,914 tunnaichean](#) a ghiùlan le seirbheisean adhair ann an Alba. Tha bathar adhair na chuibhreann beag den bhathar iomlan a thèid a ghiùlan ann an Alba gach bliadhna (202m tunna), ach tha na seòrsaichean bathair a thèid a ghiùlan le adhar mar as trice de luach nas àird, nas lugha agus ann am barrachd cabhag na na rudan a thig air bàtaichean.

Tha deagh cheangailteachd adhair cuideachd na fhactar aig cuid a tha a' cur romhpa a thighinn a dh'fhuirich ann an Alba. [Tha fianais a' sealltainn gur dòcha gu bheil imrich a' toirt togail do GDP gach duine san fhad-ùine](#), tro bhith a' cur ris an fharsaingeachd sgilean agus tro barrachd gniomhachd tionnsgalach. fhuaireadh a-mach gun robh buaidh dhìreach aig in-imrich air tarbhachd chompanaidhean cho math ri buaidhean neo-dhìreach tro bhith a' cur ris tarbhachd nan daoine a tha a' fuireach san dùthaich mar-thà tro thar-chur eòlais. Tha a' phriomh bhuaidh aig in-imrich toinnte, ach tha e co-cheangailte ris a' comas aig daoine a thig a dh'fhuireach ann an Alba a bhith a' cumail deagh cheanglaichean ris na lìonraidhean sna dùthaich às an tàinig iad, agus gu cudromach, na beachdan aig daoine air cho furasta 's a tha e na ceanglaichean sin, gu sònraichte leis an teaghlach, a chumail.

Tha còmhdhail adhair cuideachd cudromach gus siubhal agus turasachd eadar-nàiseanta a chur an comas. Bha siubhal agus turasachd eadar-nàiseanta a-steach a dh'Alba gu math mòr ron ghalar-sgaoilte. Ann an 2019 bha cha mhòr [3.5 millean turasan a-steach a dh'Alba le cosg le luchd-tura is aig mu £2.5 billean](#). Às na 3.5 tursan a-steach, chleachd 1.8 millean puirt-adhair na h-Alba. Tha seirbheisean adhair cuideachd a' cur an comas siubhal gniomhachais nas fharsainge. Ann an 2019 bha 371,000 tursan eadar-nàiseanta a-steach airson adhbharan gniomhachais, agus bha [423,000 tursan a-mach eadar-nàiseanta](#) aig daoine a bha a' fuireach ann an Alba air an aon adhbhar.

Tha còmhdhail adhair eadar-nàiseanta a' toirt cothrom do dhaoine a tha a' fuireach ann an Alba pàirt a ghabhail ann an gniomhan a tha a' cur ri sunnd, a' gabhail a-steach làithean-saora agus a' tadhal air teaghlach agus caraidean. [Ann an 2019](#) thàinig mu 894,000 luchd-tadhail eadar-nàiseanta a dh'Alba a bha an seo gus tadhal air teaghlach agus caraidean, agus bha mu 1.19 million tursan eadar-nàiseanta a-mach à Alba ann air an aon adhbhar. Bha còrr is 4 millean tursan thall thairis le daoine a' fuireach ann an Alba airson làithean-saora.

Tha siubhal a-staigh na phàirt shusbainteach de ghnìomhachas taigh-òsta na h-Alba: ann an 2020 bha mu [2,390 taighean-òsta](#) agus bha [1,690 gniomhachasan taigh-òsta](#), a' fastadh mu [62,000 duine](#) ann an 2019. Gheibh siubhal a-muigh seirbheisean gu ire tro phuirt-adhair na h-Alba agus tro chompanaidhean Albannach. Bha seo a' gabhail a-steach àidseantan siubhal agus anns a' Mhàirt 2020; bha [285 iomairtean clàraichte](#) ann an roinn nan àidseantan siubhal clàraichte ann an Alba, a' fastadh [4,500 daoine](#) ann an 2019.

Tha [Plana Nàiseanta nan Eilean](#) aig Riaghaltas na h-Alba a' mìneachadh cho cudromach 's a tha ceangailteachd do dh'fhàs eaonamach seasmhach ann an coimhearsnachdan eileanach. Tha seo a' gabhail a-steach comas a bhith ann siubhal gu cathair-bhailtean na h-Alba agus air ais air an aon latha air adhbharan obrach. Tha seo fior a thaobh àiteachan eile ann an Alba cuideachd, far an e am plèana an aon mhodh còmhdhail a leigeas le daoine a dhol ann agus air ais air an aon latha.

Cho math ris na buannachdan eaconamach nas fharsainge, tha roinn còmhdhail adhair na h-Alba a' fastadh àireamh mhòr de dhaoine tro obair ann an, agus faisg air, puit-adhair. Ro Chovid-19, bha na trì puit-adhair as trainge ann an Alba<sup>2</sup> a' fastadh 1,600 duine gu dìreach, agus bha mu 14,500 duine ag obair air àrainnean nam port-adhair (loidhne-adhair, bùithtean, biadh, is msaa.).

## Ceangailteachd na h-Alba ro ChOVID-19

Thàinig piseach air ceangailteachd eadar-nàiseanta na h-Alba bho 2008 le fàs làidir ann eadar 2014 agus 2019. Ro ChOVID-19 bha e coltach gun leanadh an treand seo. Dh'fhàs lìonra nan tursan goirid eadar-nàiseanta, le cinn-uidhe air leth<sup>3</sup> a' fàs bho 57 as t-Samhradh 2008 gu 79 as t-Samhradh 2019. Dh'fhàs cinn-uidhe slighe-fada cuideachd, bho 6 gu 10 le margaidhean ùra, mar eisimpleir, Washington D.C agus Boston. Bha àireamhan an luchd-tadhail a-staigh air cumail orra a' fàs leis a' chuibreann as mothà às na Stàitean Aonaichte, a' Ghearmailt agus an Fhraing ann an 2018. Tha am mapa gu h-ìosal a' sealltainn nam port-adhair le ceanglaichean dìreach gu agus bho Alba ann an 2019 (airson barrachd fiosrachaiddh, faic [am mapa eadar-obraighean againn](#)):

### Clàr 1: Puit-adhair le ceanglaichean dìreach gu/bho Alba ann an 2019



An tacà ri sgìrean a tha coltach rithe<sup>4</sup> bha an t-àrdachadh as àirde ann an àireamh nan ceann-uidhe air leth eadar 2008 and 2019, a' gluasad bho thè de na h-àireamhan as isle

<sup>2</sup> Dùn Èideann, Glaschu agus Obar Dheathain.


<sup>3</sup> Ma tha slighe ann eadar Alba agus an Ceann-uidhe sin mar tha, chan eil an t-slighe sin air a chur ri àireamh ionlan nan ceann-uidhe air leth.

<sup>4</sup> Roinnean agus dùthchannan a tha coltach ri chèile a thaobh eaconamaidh, sluagh, àite cruinn-eòlasach, meud agus àireamh sheirbheisean adhair a dh'Alba. Gheibhear eisimpleirean ann an Eàrr-ràdh A.

gu ire direach fon chuibheas ann an 2019. Ach bha an uiread de bhathar adhair (carago is post) aig mun aon ìre.<sup>5</sup> Airson barrachd fiosrachaид, faic [Eàrr-ràdh A](#).

Chaidh an àireamh iomlan de luchd-siubhail am meud cuideachd agus ann an 2019, chaidh cha mhòr 29 millean duine a-mach/a-steach bho phuirt-adhair na h-Alba mar a chithear san àireamh gu h-ìosal:

### Clàr 2: Àireamhan luchd-siubhail ann an puirt-adhair na h-Alba bho 2015-2019



## COVID-19

Tha tuiteam mòr air a bhith san iarrtas airson siubhal gu h-eadar-nàiseanta mar thoradh air COVID agus tha companidhean adhair air gearraidean mòra a dhèanamh mar thoradh air loidhne-adhair, an dà chuid àireamh nam plèanaichean agus àireamh nan obraichean. Tha seo air droch bhuaidh a thoirt air puirt-adhair, companidhean làimhseachaidh, solaraichean connaidh, companidhean chàraichean air mhàl, solaraichean bìdh nam port-adhair agus iomadh gniomhachas ceangailte eile. An coimeas ri 2019, bha àireamhan an luchd-siubhail ann am puirt-adhair na h-Alba sìos 75% ann an 2020, gun ach beagan seirbheisean adhair eadar-nàiseanta fhathast a' ruith gus am bi ceangailteachd ann tro phuirt-adhair hub eadar-nàiseanta mar Amsterdam agus Doha.

Mar thoradh air seo, bha dùblain a bharrachd ann ris am feumar aghaidh a thoirt nuair a thathar a' co-dhùnadh mar a choileanas sinn amasan Ro-innleachd nan Seirbheisean Adhair. Tha iad sin a' gabhail a-steach barrachd farpais chruinneil airson slighean mar thoradh air lughdachadh cabhlائchean, nas lugha de dh'airgead ri fhaighinn san roinn


<sup>5</sup> Scottish Aviation Framework March 2020, Altitude Aviation Advisory.

phriobhaidh agus phoblaich agus, is dòcha, cuingealachaidhean leantainneach air siubhal eadar-nàiseanta gu / bho chuid de dhùthchannan.

## Buaidh Àrainneachdail

Ann an [Achd Atharrachadh na Gnàth-shìde \(Targaidean Lùghdachadh Sgaoilidhean\) \(Alba\) 2019](#), dh'aontaich Riaghaltas na h-Alba cothromachadh carboin a thaobh eimiseanan gas an taigh-ghlainne ro 2045. Tha an targaid seo a' gabhail a-steach eimiseanan na h-Alba an àd chuid bho chòmhdhail adhair taobh a-staigh na dùthcha agus gu h-eadar-nàiseanta. Is iad na h-eimiseanan a tha air an sònrrachadh do dh'Alba na h-eimiseanan bho bhith ag èirigh agus a' laighe agus na h-eimiseanan airson tursan adhair a tha a' fàgail Alba. Tha eimiseanan bho sheirbheisean adhair a' tighinn a-steach air an sònrrachadh dhan dùthaich às an do dh'fhalbh an t-seirbheis adhair.


**Clàr 3: Eimiseanan na h-Alba bho sheirbheisean adhair na h-Alba, 1990-2019**  
(Source: NAEI).



Bha còmhdaileadh adhair a' dèanamh suas 4.5% de sgaoilidhean iomlan na h-Alba agus 16% de sgaoilidhean còmhdaileadh na h-Alba ann an 2019. Tha còmhdaileadh adhair cuideachd a' toirt buaidh air a' ghnàth-shìde tro bhith a' leigeil a-mach ocsaidean naitridean, deatach uisge, agus mìrean sulfait agus sùith aig àirdean àrda.


Tha adhartas le teicneòlas einnseanan agus frèama-adhair air na h-eimiseanan a lùghdachadh airson gach neach-siubhail. Tha am figear gu h-ìosal bhon [European Aviation Environment Report 2019](#) a' sealltainn gu bheil eimiseanan bho chòmhdhail adhair san Roinn Eòropa air fàs bho 2005 gu 2017 air fàs ach gu bheil am fàs tòrr nas lughna am fàs ann an cilemeatairean an luchd-siubhail. Thathar an dùil gun lean an treand seo.

#### Clàr 4: Eimiseanan bho chòmhdhail adhair bho 2005 gu 2017



Tha Riaghaltas na h-Alba air aontachadh gun obraich e gus seirbheisean luchdsiubhail sgeidealaichte a dhì-charbonachadh taobh a-staigh na h-Alba ro 2040, a' gabhail a-steach tro bhith a' cumail taic ri deuchainnean air agus toirt a-steach soithichean-adhair beag-eimisein/gun eimiseanan idir. Tha comas aig na seòrsaichean soithich-adhair seo gus a' bhuaidh àrainneachdail aig tursan plèana goirid a lùghdachadh gu mòr, mar a chithear bhon fhigear gu h-ìosal a rinn Sustainable Aviation. Tha am figear seo a' sealltainn gun gabhadh soithichean-adhair dealanach agus haidridein a chleachdadh air slighean de mu 2,500 km ann an 2040 agus gu bheil comas ann rainse de mu 5,500 km fhaighinn bho theicneòlas turbain haidridein.

## Clàr 5: An comas aig soithichean-adhair beag-eimisein agus gun eimiseanan gus a' bhuaidh aig tursan adhair goirid a lùghdachadh



Tha gnìomhachas còmhdaileadh adhair na RA air aontachadh cothromachadh carboin a ruigsinn ro 2050, agus tha Sustainable Aviation UK air mapa-slighe fhoillseachadh a' mìneachadh mar a dh'fhaodadh gnìomhachas na còmhdaileadh adhair an t-amas sin a ruigsinn. Tha an gealltanais seo a' dol nas fhaide na [an dà amas àrainneachdail chruinneil airson còmhdaileadh adhair](#) a chaidh aontachadh le Buidheann Eadar-nàiseanta na h-Itéalanachd Siobhalta (ICAO), 's e sin ri connadh a bhith 2% nas èifeachdaiche gu bliadhna gu 2050 agus fàs le cothromachadh carboin bho 2020 air adhart.

Tha puit-adhair na h-Alba air ro-innleachd nan seirbheisean adhair seasmhach fhoillseachadh a tha a' cur an cèill mar a tha iad an dùil an lorg carbon aca a lùghdachadh.

- [Seasmhachd | Port-adhair Obar Dheathain](#)
- [Seasmhachd | Port-adhair Dhùn Èideann](#)
- [Ro-innleachd agus Plana Ath-bheothachaidh Covid-19 aig HIAL airson 2021-26](#)

## Sgrùdaidhean Cùise

**Tha AGS, aig a bheil puirt-adhair Għlaschu agus Obar Dheathain air na h-eimiseanan carboin aca a lúghdachadh le 52% bho 2018 agus tha e air aontachadh cothromachadh carboin a ruigsinn airson nan eimiseanan direach aige ro mheadhan nan 2030-an.**

**Tha Port-adhair Dhùn Ēideann air planaichean ainmeachadh gus tòrr phannalan grèine a thogail sa phort-adhair, a chruthaicheas mu chairteal den dealain a chleachdas e.**

**Tha Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Eta a' cumail taic ri bhith a' cruthachadh soithichean-adhair beag-eimisein/gun eimisein le bhith a' cruthachadh àrainneachd deuchainn airson soithichean-adhair seasmhach ann an Arcaibh.**

## Treandaichean san àm ri teachd

Ro ChCOVID-19, bhathar an dùil gun leanadh am fàs ann an iarrtas airson còmhdhail adhair. Tha barrachd mi-chinnt ann air dè na h-àireamhan de luchd-siubhail a bhios ann san àm ri teachd, gu sònraichte de luchd-siubhail gnothachais. Thuirt [59% de għniomhachsen ann an suirbhidh](#) às dèidh a' chiad għlasadh-sios nach biodh iad cho buailteach, no nach biodh iad idir buailteach a bhith a' cleachdadħ còmhdhail adhair san àm ri teachd. Ach, sheall sgrùdadh aig [Comann Eadar-nàiseanta na Còmhdhail Adhair sa Għiblean 2021](#) de phriomh oifigearan ionmhais agus ceannardan carago gun robh an gniomhachas misneachail gun rachadh àireamhan an luchd-siubhail am meud gu luath nuair a rachadh cuingegalachaidhean a thogail air feadh an t-saoghail. A dh'aindeoin seo, ge-tà, thuirt 67% dhiubh gun toireadh e na b' fhaide na 2 bhliadhna tilleadħ gu īrean 2019, agus gur e an Roinn Eòrpa an roinn mu dheireadh a ruigeadh na h-īrean sin.

Mar thoradh air an RA a' fàgail an Aonaidh Eòrpaich, dh'fhaodte gum bi atharrachaidhean ann am pàtranan siubhail agus air iarrtas iomlan air seirbheisean adhair eadar Alba agus an t-Aonadh Eòrpach. Mar thoradh air COVID-19, chan eil e comasach a ràdh aig an ire seo an tug na riaghailtean ùra mu obair, siubhal agus faid thursan buaidh air pàtranan agus iarrtas siubhail.

Mar an ceudna, bheir cho luath 's a dh'ath-bheothaicheas an eaonamaidh ann an Alba agus air feadh an t-saoghail buaidh air an àireamh de dhaoine a bhios a' cleachdadħ seirbheisean adhair. Bha lúghdachadh ann an àireamh an luchd-siubhail cruinneil às dèidh ēgħiġi ionmhasail 2008 agus thatħar an dùil gum bi an aon seorsa buaidh ann mas e is gum bi ath-bheothachadħ slaodach ann bho ChCOVID-19. Air an làimh eile, ma bhios ath-shlànachadħ eaonamach làidir ann, dh'fhaodte gum bi barrachd iarrtais ann bho luchd-siubhail.

San fhad-ūjne dh'fhaodadħ cosgaisean ruith agus faraidhean nas lughha a bhith ann mar thoradh air seorsaichean ùra de shoitheach-adhair leithid hairridean, làn-dhealanach agus hybrid, agus dh'fhaodadħ tasgaidhean adhair agus drònaikean margaidhean ùra fosgladh airson siubhal agus bathar adhair.

Bidh atharrachaidhean air an dòigh-obrach againn gus freagairt na dùbhlain agus na cothroman ùra seo san dòigh as fhéarr ro chudromach gus an lèirsinn againn airson còmhdhail adhair a choileanadh.

## Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhail

Bidh Ro-innleachd nan Seirbheisean Adhair a' togail air [Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhail](#) le bhith a' mìneachadh mar a bhios an Riaghaltas ag obair le roinn na còmhail adhair gus am faigh sinn na buannachdan eaconomach agus sòisealta bho chòmhail adhair agus cuideachd a bhith a' lùghdachadh na buaidh eaonamaich.

Tha Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhail a' mìneachadh air lèirsinn airson siostam còmhail na h-Alba airson an ath 20 bliadhna. "Gum bi siostam còmhail seasmhach, sàbhailte in-ghabhalach, agus ruigsinneach againn, a bhios a' cuideachadh gus Alba nas fhallaine, nas cothromaiche agus nas soirbheachaile a chruthachadh airson nan coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus luchd-tadhail againn." Tha ceithir priomhachasan ann a tha a' cumail taic ris an lèirsinn seo:

- a' lùghdachadh neo-ionannachd,
- gnìomhach air a' ghnàth-shìde,
- a' cuideachadh gus fàs eaonomach seasmhach a libhrigeadh,
- a' cur ri slàinte is sunnd

## Ro-innleachdan eile aig Riaghaltas na h-Alba agus Com-pàirtichean

Tha iomadh ro-innleachd aig Riaghaltas na h-Alba agus iomradh ro-innleachd eile air am feumar feart a thoirt nuair a thathar a' cruthachadh Ro-innleachd nan Seirbheisean Adhair. Tha iad seo a' gabhail a-steach:

- [Scotland: A Trading Nation](#)
- [Scotland Outlook 2030- Responsible tourism for a sustainable future](#)
- [Plana Nàiseanta nan Eilean](#)
- [Plana Atharrachadh na gnàth-shìde](#)
- [Lèirmheas Pròiseactan Còmhail Ro-innleachdail2](#)
- [A Manufacturing Future for Scotland](#)
- [Migration: helping Scotland prosper](#)
- Ro-innleachdan aig buidhnean ([Iomairt na h-Alba](#), [Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean](#), [Aerospace Technology Institute](#)).
- [Aithris Poileasaidh Haidridein](#).

## Dleastanasan

Bidh fòcas Ro-innleachd nan Seirbheisean Adhair air na roinnean far an urrainn do Riaghaltas na h-Alba ceuman a ghabhail no co-nbrachadh le buidhnean eile gus buaidh a thoirt air toraidhean. Tha an earrann seo a' mìneachadh cò tha an urra ri seirbheisean-adhair aig ìre ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

## Riaghaltas na h-Alba

'S iad Ministearan na h-Alba na h-aon luchd-earrainn aig Puir-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL) agus bheir iad seachad an t-airgead gus taic a chumail ri ruith nam port-adhair a tha air an ruith le HIAL.

Tha Port-adhair Glaschu Preastabhaig le Ministearan na h-Alba. Tha e air a ruith air stèidh coimeirsealta gu leth-eisimeileach bho Riaghaltas na h-Alba.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail taic ri slighean adhair bho Għlaschu gu Barraigh, Tiriodh agus Ceann Loch Chille Chiarain. Ged nach eil an àireamh de dhaoine a tha a' cleachdad nan slighean sin gu leòr gus am bi iad seasmhach gu coimeirsealta do chompanaidhean-adhair, tha iad fhathast a' toirt cheanglaichean cudromach do choimhearsnachdan ionadail. Nithear seo tro Dhleastanasan Seirbheis Poblach (*Public Service Obligation - PSO*), a tha a' suidheachadh riatanasan gus dèanamh cinnteach gum faighear seirbheis bhunaiteach air slighe a thaobh leantainneachd, cunbalachd, prìsean no àireamh nan duine as urrainnear giùlan. Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' pàirt-mhaoineachadh slighe PSO eadar Lunnainn agus Dùn Dè, agus tha e air aontachadh pàirt-mhaoineachadh a thoirt do PSOan bho Inbhir Ùige.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' maoineachadh an [Sgeama Lasachaíd Adhair](#), a tha a' dèanamh seirbheisean adhair nas ruigisinniche do choimhearsnachdan iomallach air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan tro bhith a' toirt seachad lasachadh de 50% do luchd-còmhnaidh air a' phrìomh fharadh adhair air slighean ion-roghnach.

Ann an com-pàirteachas le Leasachadh na h-Alba Eadar-nàiseanta, VisitScotland agus lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do chompanaidhean-adhair airson ath-bheòthachadh shlighean, le fòcas sònraichte air slighean a tha cudromach airson ceanglaichean gnìomhachais a' gabhail a-steach às-mhalairt agus turasachd a-steach.

Bidh Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' toirt maoineachadh agus taic eile do roinnean a tha nam pàirtean cudromach den għluasad a dh'ionnsaigh còmhdaile adhair le beag-eimisein / gun eimiseanan. Mar eisimpleir, tha Riaghaltas na h-Alba a' tasgadh £100 millean gus cuideachadh gus am plana Gnìomh Haidridein a libħrigieadh a dh'fhaodadh cuideachadh gus sothicéan-adhair haidridein a chruthachadh.

## An Roinn Phrìobhaideach

Tha a' mhòr-chuid de sheirbheisean gu/bho agus taobh a-staigh na h-Alba air an libħrigieadh leis an roinn phrìobhaidich. Tha na puir-adhair as trainge ann an Alba, Dùn Èideann, Glaschu agus Obar Dheathain ann an seilbh priobhaideach.

## Sgeamaichean is aontaidhean eadar-nàiseanta

Tha an Cùmhnant air Itealanachd Shiobhalta Eadar-nàiseanta (ris an canar cuideachd 'Cùmhnant Chicago') a' mìneachadh riaghailtean cruinneil airson spàs-adhair, clàradh phlèanaichean agus sàbhailteachd, tèarainteachd, cís air connadh adhair agus seasmhachd. Stèidhich an Cùmhnant [Buidheann Eadar-nàiseanta na](#)

[h-Itéalanachd Siobhalta](#) (ICAO), buidheann speisealach aig na Dùthchannan Aonaichte leis an dleastanas a bhith a' co-ordanachadh còmhail adhair eadar-nàiseanta.

Tha an Sgeama Frith-chothromachadh agus Lùghdachadh Carbon airson Còmhail Adhair Eadar-nàiseanta (*Carbon Offsetting and Reduction Scheme for International Aviation - CORSIA*) na cheum cruinneil, stèidhichte sa mhargaidh a chaidh a chruthachadh le ICAO. Tha e air aon den "bhasgaid de ghnìomhan" gus fàs a tha neodrach a thaobh carbon fhaighinn bho 2020. ('S iad an fheadhainn eile a bhith a' brosnachadh teicneòlasan sothicéan-adhair tionnsgalach, a' toirt a-staigh dùighean-obrach nas èifeachdaiche, agus a' cur an comas cleachdadh connaidhean seasmhach). Chaidh CORSIA a dhealbhan gus fàs a tha neodrach a thaobh carbon fhaighinn bho bhun-loidhne 2019, tro bhith a' cleachdadh frith-chothromachadh. Tha frith-chothromachaidhean a' ciallachadh gum pàigh buidhnean airson rudan a lùghdaicheas carbon dà-ogsaid gus an cron a nì an carbon dà-ogsaid a chruthaicheas iad a lùghdachadh.

## Riaghaltas na RA

Tha Riaghaltas na RA an urra ri:

- sàbhailteachd soitheach-adhair agus puirt-adhair, agus a' riaghalaadh còmhail adhair san fharsaingeachd (siubhail adhair prìobhaideach; bailiùnaichean adhair theth, is msaa.).
- Prògram Ùrachadh Atharrachaiddh an Spàs-adhair. Tha Ùghdarris na h-Itéalanachd Shiobhalta ag obair còmhla ri puirt-adhair gus seo a lìbhrigeadh.
- Cìs Luchd-siubhail Adhair, le toirt a-steach Cìs Imeachd Adhair (ADT) ann an Alba air a chur dheth rè ùine gus an tèid ceist a thaobh saoradh dhan Ghàidhealtachd is do na h-Eilean a shoilleireachadh.
- a' cur CORSIA an gnìomh, a' conaltradh le ICAO agus a' cur Aontaidhean Seirbheisean Adhair air ðòigh le dùthchannan eile (tha Aontaidhean Seirbheisean Adhair nan stèidhean laghail airson seirbheisean adhair eadar dà dhùthaich).
- Riatanas a' Chonnaidh adhair Seasmhaich, a tha a' gabhail a-steach a bhith a' suidheachadh targaid airson a bhith a' cruthachadh seòrsaicéan sònraichte de chonnadh, a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh connadh adhair seasmhach.

## Ùghdarrisas Itealanachd Shiobhalta

'S e [Ùghdarrisas na h-Itealanachd Siobhalta](#) riaghlaiche nam port-adhair agus nan soithichean-adhair san RA. Tha e cuideachd an urra ri bhith a' gniomhachadh Riaghailtean Itealanachd Shiobhalta (Cothrom air Siubhal Adhair do Dhaoine air a bheil Ciorram agus Daoine le So-ghluasadachd Lùghdaichte) agus foillsichidh e aithisg gach bliadhna, air coileanadh nam port-adhair air siubhail so-ruigsinneach.

## Riaghaltas na h-Alba agus na RA còmhla

Tha Riaghaltas na h-Alba air Sgeama Malairt Eimiseanan na RA ([ETS na RA](#)) a chur an gniomh còmhla ri Riaghaltas na RA agus na riaghaltasan tiomnaichte eile. Tha ETS na RA a' dol an àite Sgeama Malairt Eimiseanan an Aonaidh Eòrpaich agus tha e a' cumail ris na h-aon riaghailtean. Bidh ETS na RA a' cruthachadh prìs carboin do chompanaidhean adhair agus feumaidh na companaidhean seo cuid de na chuibreannan aca a thoirt seachad, a tha co-ionnan ris na h-eimiseanan de charbon dà-ogsaid bho na seirbheisean adhair aca a tha fo sgèith an sgeama seo.<sup>6</sup>

Tha na ceithir Riaghaltasan a tha an urra ri ETS na RA a' dèanamh lèirmheas air ETS na RA aig an àm seo feuch a bheil e a rèir nan targaidean airson atharrachadh na gnàth-shìde a tha suidhichte ann an reachdas air feadh na RA, a' gabhail a-steach a bhith a' coileanadh targaid cothromachadh carboin na h-Alba. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh ath-sgrùdadh air cuid de na taobhan de phoileasaidh ETS na RA gus a dhèanamh nas èifeachdaiche. Thèid co-chomhairle phoblach aig na ceithir riaghaltasan còmhla fhoillseachadh an ceann ùine.

## Ùghdarrasan ionadail

Tha seirbheisean eadar-eileanach ann an Alba an urra ris na [ùghdarrasan ionadail](#) iomchaidh. Tha ùghdarrasan ionadail cuideachd an urra ri cui de phuirt-adhair agus raointean-adhair, mar eisimpleir an t-Òban agus Lerwick.

---

<sup>6</sup> Is iad na slighean adhair a tha a' tighinn fo sgèith ETS na RA: seirbheisean adhair taobh a-staigh na RA, seirbheisean adhair eadar an RA agus Gibraltar, seirbheisean a tha a' dol bhon RA gu stàitean ann an Roinn Eaconomach na h-Eòrpa (EEA), agus seirbheisean adhair do chruinn far a' chosta. Tha seirbheisean adhair bho phuirt-adhair EEA dhan RA a' tighinn fo ETS an Aonaidh Eòrpaich. Tha ETS na RA an sàs airson gach companaidh a ruitheas soithichean-adhair, ge b' e dè an nàiseantachd a th' aca. Chan eil ETS na RA an sàs airson seirbheisean adhair eadar-nàiseanta do phuirt-adhair taobh a-muigh an EEA, oir tha ICAO ag obair air sgeama CORSIA gus margaidh carboin agus prìs carboin a chur air dòigh airson nan eimiseanan seo.

# A' gluasad gu còmhail adhair le beag-eimisein / gun eimiseanan

## Ro-ràdh

Mar thoradh air far a bheil Alba suidhichte, tha còmhail adhair riatanach gus a' cheangailteachd a chruthachadh a tha a dhìth gus taic a chumail ri fàs eaconamach seasmhach. Bheir an gluasad gu còmhail adhair le beag-eimisein / gun eimiseanan cothrom do dh'Alba a bhith a' faighinn nam buannachdan eaconomach is sòisealta agus a' lùghdachadh na buaidh àrainneachdail aig an aon àm.

Tha an earrann seo a' sìreadh do bheachdan air mar as urrainn do Riaghaltas na h-Alba co-obrachadh le buidhnean eile gus a' bhuaidh àrainneachdail aig còmhail adhair a lùghdachadh, a' cuideachd gus am prìomhachas "gniomhach a thaobh na gnàth-shìde" ann an Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhail agus an targaid airson cothromachadh carboin ro 2045 a choileanadh a tha ann an [Achd Atharrachadh na Ghnàth-shìde](#) ([Targaidean airson Eimiseanan a Lùghdachadh \(Alba\) 2019](#)). Tha an targaid seo a' gabhail a-steach eimiseanan an dà chuid bho chòmhail adhair taobh a-staigh na dùthcha agus gu h-eadar-nàiseanta.

Airson barrachd fiosrachaiddh air na chaith a choileanadh gu ruige seo agus air na tha roinn na còmhail adhair air aontachadh dèanamh mar-thà, faic [Co-theacs](#).

## Amas:

Gus a' bhuaidh àrainneachail aig seirbheisean adhair a lùghdachadh a rèir gealltanais Riaghaltas na h-Alba gu bhith na nàisean le cothromachadh carboin ro 2045.

Gum faigh Alba buannachd eaconamach bhon ghluasad gu còmhail adhair le beag-eimisein / gun eimiseanan.

## Mar a choileanar an t-amas seo

### Sgeama Malairt Eimiseanan na RA (ETS) and CORSIA

Cumaidh Riaghaltas na h-Alba air ag obair leis na com-pàirtichean againn ann an Ùghdarris ETS na RA (Riaghaltas na RA agus na riaghaltasan tiomnaichte eile) gus dèanamh cinnteach gum bi an sgeama na chulaidh-bhrosnachaidh èifeachdach airson dì-charbonachadh, gum bi e a rèir an reachdais againn air atharrachadh na gnàth-shìde, agus gum bi e a' lasachadh eu-dìonachd carboin.

Tha Riaghaltas na h-Alba fada den bheachd gum bu chòir ETS na RA a cheangal gu foirmel ri ETS an AE gus am bi an aon seòrsa dòigh-riaghlaidh ann gus prìsean a chur air carbon airson compaoidhean a tha a' gabhail pàirt san dà sgeama. 'S e cùis ghlèidhete a th' ann agus mar sin, tha sinn a' cur ìmpidh air Riaghaltas na RA a bhith a' tùiseachadh agus a' gluasad air adhart còmhraidean mu cheanglaichean leis an Aonaidh Eòrpaich.

Cumaidh sinn oirnn a bhith ag obair le Riaghaltas na RA gus dèanamh cinnteach gu bheil dòigh-obrach àrd-amasach ann a thaobh eimiseanan bho chòmhail adhair tron RA a

bhith an sàs anns an sgeama CORSIA agus le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-obrachadh èifeachdach eadar sgeamaichean ETS na RA agus CORSIA.

## A' piseachadh eimiseanan bho phlèanaichean air an talamh

Tha loidhnichean-adhair air adhartas a dhèanamh san raon seo tro dhòighean-obrach, mar eisimpleir, tagsaidheadh le aon einnsean a-mhàin, agus a' toirt a-staigh cumhachd dealain suidhichte air an talamh. San àm ri teachd, dh'fhaodte gun gabhadh eimiseanan a lùghdachadh barrachd tro sgeidealadh nas èifeachdaiche agus tagsaidheadh dealanach.

## A' piseachadh eimiseanan bho phlèanaichean san adhar

Tha pròiseact [Single European Sky](#) aig an Roinn Eòrpa ag amas air riaghlaigh trafaig adhair san roinn Eòrpa ath-leasachadh gus buaidh àrainneachdail agus cosgaisean còmhdail adhair a lùghdachadh. Tha Riaghaltas na RA agus Ùghdarris na h-Itealanachd Shiobhalta ag obair còmhla gus spàs-adhair na RA ath-nuadhachadh. Is e fear de na h-amasan eimiseanan bho chòmhdail adhair a lùghdachadh tro shlighean-itealaich nas lugha agus tro amannan cumail nas lugha (m.e. an t-àm a bhios plèana a' toirt seachad a' cuairteachadh a' phuirt-adhair, no a bhith a' gluasad air falbh bho shlighe dhìreach mus tèid aca air laighe).

## A' gluasad gu agus bhon phort-adhair

Rinneadh adhartas le bhith a' lùghdachadh nan eimiseanan bho dhaoine a' siubhal gu agus bho phuirt-adhair na h-Alba. [Ann an 2018 chleachd 40% de luchd-siubhail ann am Port-adhair Dhùn Èideann còmhdail phoblach gus siubhal dhan/bhon phort-adhair.](#) [Chleachd 14% de dhaoine còmhdail phoblach airson a dhol gu/bho phort-adhair Inbhir Nis.](#) Thatar a' coimhead air a' bhun-structar chòmhddhalach a tha a dhìth gus siubhal gu/bho phriomh phuirt-adhair na h-Alba ann an [Lèirmheas Pròiseactan Còmhdail Roinnleachdail 2.](#)

## Taic ri cruthachadh agus deuchainnean air soitheach-adhair beag-eimisein/gun eimisein

Tha comas aig soithichean adhair beag-eimisein/gun eimiseanan gus eimiseanan a lùghdachadh gu mòr bho sheirbheisean adhair air slighean goirid. Ged a tha obair leasachaидh air na soithichean-adhair air a bhith a' gluasad air adhart gu luath sna beagan bhliadhnaichean mu dheireadh, chan eil iad aig an ire fhathast far an gabh an cleachdadh airson tursan fada san RA no tursan gu dùthchannan Eòrpach.

Mar sin, tha Riaghaltas na h-Alba air co-dhùnadadh taic a chumail ri bhith a' dèanamh deuchainnean air agus a' toirt a-steach soithichean-adhair beag-eimisein/gun eimiseanan, agus tha am fiosrachadh gu h-iosal a' toirt seachad geàrr-chunntas air cuid den taic a tha ri fhaighinn aig an àm seo gus an t-amas seo a choileanadh.

- Bidh [Institiud Teicneòlas an Spàs-adhair](#) a' tabhann maoineachadh do phròiseactan a tha a rèir Ro-innleachd Teicneòlas Adhar-fhànas na h-Alba, a tha a' gabhail a-steach a bhith a' suidheachadh clàr-gnothach àrd-amasach airson

seasmhachd. Tha na buidhnean iomairt againn ag obair le gnìomhachasan ann an Alba gus an cuideachadh sna tagraighean maoineachaidh aca.

- Mar phàirt den obair aig Buidheann Freagairt Adhar-fhàناس، a tha air a stiùireadh le Riaghaltas na h-Alba, chaidh Gaisgeach Seirbheisean Adhair Seasmhach fhastadh gus gnìomhan a chomharrachadh agus a cho-òrdanachadh air feadh na h-Alba, cho math ri bhith a' brosnachadh comasan sèineachan-solar na h-Alba gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta. Às dèidh dhan bhuidhinn seo gluasad gu bhith na bhuidheann air a stiùireadh leis a' ghniomhachas, tha an obair seo a-nis ga dèanamh le Buidheann Gnìomhachas Spàs-adhair agus Dion.
- Tro [Mhaoin Nàiseanta an Eadar-ghluasad](#), tha Riaghaltas na h-Alba air a bhith ag obair gus eadar-ghluasad an luchd-obrach a thòiseachadh tro chùrsaichean ann an dealanachadh, haidridean, saothrachadh didseatach agus di-choimiseanadh, air a ruith ann an com-pàirteachas tro ghniomhachas, oilthighean agus [National Manufacturing Institute Scotland](#) (NMIS).
- Bidh bun-structar cuideachd na phrìomh phàirt de bhith a' cumail taic ris an eadar-ghluasad gu cothromachadh carbon agus tha tasgaidhean susbainteach againn ann an NMIS (a tha a' gabhail a-steach an Ionad Rannsachaidd Cruthachaidd Adhartach [Advanced Forming Research Centre], Ionad Saothrachaidd Aotrom [Lightweight Manufacturing Centre], Acadamaidh Sgilean agus Factaraidd Didseatach) a bharrachd air na h-ionadan acadaimigeach agus rannsachaidd air leth againn, a' toirt seachad bhun-structar aig ire na cruinne.

## Sgrùdadh Cùise - Ampaire



**Tha Ampaire a' cruthachadh, agus a' cleachdadhl plèanaichean hybrid-dealanach an-diugh agus tha e an dòchas gum bi an gniomhachas làn dhealanach san àm ri teachd mar thoradh air seo.**

**Rinn e deuchainn shoirbheachail den phlèana dhealanach hybrid aig Àrainneachd Deuchainnean airson Soithichean-adhair Seasmhach ann am Port-adhair Kirkwall.**

**A rèir Ampaire, is urrainn dhan teicneòlas aige connadh isleachadh le 90%, obair-chàraidh le 50%, agus fuaim le 60%.**

- I. Dè eile a bu chòir do Riaghaltas na h-Alba agus gniomhas na Còmhail Adhair a dhèanamh, ma bu chòir dhaibh rud sam bith a dhèanamh) gus an gluasad gu còmhail adhair le nas luga de dh'eimiseanan/gun eimiseanan a dhèanamh nas luaithe.


## Connadh adhair Seasmhach

Ged a tha e comas ann gun gabh itealain le beag eimiseanan/gun eimiseanan idir a chleachdadhl air slighean ghoirid (m.e. taobh a-staigh na h-Alba, dhan chòrr den RA no dhan AE) taobh a-staigh an ath 20 bliadhna, tha dùblain teicneòla is a' ciallachadh gun toir e nas fhaide mus gabh soithichean-adhair gun eimisein cleachdadhl gu coimeirsealta air slighean fada. Thèid leasachaidhean èifeachdais a lìbhrigeadh mean air mhean tro leasachaidhean air siostaman gluasad itealain agus dealbhadh nan itealan a th' ann mar-thà, ach 's ann tro bhith a' cleachdadhl connadh

adhair seasmhach a thathar an dùil a thèid na lùghdachaidhean as mothà ann an eimiseanan cuairt-beatha a libhrigeadh sa mheadhan-ùine. Tha an iùre de lùghdachadh eimiseanan a ghabhas coileanadh a rèir nan seòrsaichean de chonnadh adhair seasmhach a thèid a cleachdad. Aig an àm seo, thathar a' creidsinn gur e cosgaisean a' phrìomh adhbhar a tha a' fàgail nach eil ach ceudad glè bheag de sheirbheisean adhair a' cleachdad connadh adhair seasmhach.

[Tha rannsachadh a choimisein Sustainable Aviation UK](#) a' cumail a-mach gum b' urrainn cruthachadh connadh adhair seasmhach eadar 1,060 agus 2,310 obraighean a chruthachadh ann an Alba cho math ri eadar £153 agus £332 millean de Luach lomlan air a Chur ris (*Gross Value Added*) gach bliadhna.

### Sgrùdadh Cùise - Cothroman Eaconamach do dh'Alba bho Chonnadh Itealanachd Seasmhach



Tha Riaghaltas na RA a' beachdachadh air ùghdarras a thoirt a-steach airson connadh adhair seasmhach. Is e am moladh làithreach aige a bhith a' cruthachadh sgeama eimiseanan airson gasaichean taigh-ghlainne. Fo sgeama mar seo, bidh connadh adhair seasmhach aig a bheil dian carbon nas isle na an targaid airson dian carboin a' faighinn chreideasan, agus bidh uallach ann airson connadh jet, aig a bheil dian carbon os cionn na targaid. Aig deireadh an àm dleastanas, gabhaidh creideasan a reic no a cheannach gus an dleastanas a choileanadh.

Tha Riaghaltas na RA cuideachd air grunn cheumannan ainmeachadh a tha ag amas air a bhith a' brosnachadh cruthachadh connadh seasmhach san RA, agus chaidh cead dealbhaidh a thoirt seachad airson a' chiad ionad sgudail gu connadh plèana san RA.

### 2. Dè as urrainn do Riaghaltas na h-Alba dèanamh gus cur ri cleachdad connadh itealan seasmhaich?

## Eadar-ghluasad cothromach

Tha Riaghaltas na h-Alba air aontachadh cothromachadh carboin a ruigsinn tro eadar-ghluasad cothromach. Tha [Coimisean an Eadar-ghluasaid Chothromaich](#) air ceithir eileamaidean a chomharrachadh a bhios a dhìth gus seo a choileanadh:

- eadar-ghluasad riaghailteach agus air a dheagh stiùireadh a bhith ann a chruthaicheas buannachdan agus cothroman do dhaoine air feadh na h-Alba.
- na sgilean agus am foghlam a thoirt do dhaoine a tha a dhìth orra gus buannachd fhaighinn bhon eadar-ghluasad seo.
- cumhachd agus spionnad a thoirt do na coimhearsnachdan againn agus eaonamaidhean ionadail a neartachadh
- a' roinn shochairean gu farsaing agus a' dèanamh cinnteach gu bheil uallaichean air an riarachadh a rèir comas pàighidh.

**3. Dè as urrainn do Riaghaltas a dhèanamh nad bheachd gus dèanamh cinnteach gum bi gluasad cothromach ann do chothromachadh carboin (*net-zero*) airson roinn còmhdaileadh adhair na h-Alba?**

# Ceangailteachd eadar-nàiseanta na h-Alba

## Ro-ràdh

Tha an earrann seo den sgriobhainn deasbaid a' sireadh do bheachdan air a' cheangailteachd eadar-nàiseanta a bhios a dhìth gus taic a chumail ri fàs eaonamach seasmhach ann an Alba (aon de na ceithir priomhachasan ann an Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhail) agus air mar as urrainn dhuinn co-obrachadh le buidhnean eile gus seo a choileanadh. Tha seo a' gabhail a-steach mar as urrainn do sheirbheisean adhair cur ri coileanadh na lèirsinn againn airson a bhith air thoiseach air càch san t-saoghal ann an turasachd san 21mh linn agus gus cuideachadh le bhith a' libhrigeadh a' phlana againn airson fàs a thoirt air às-mhalairet na h-Alba. Seo cothrom dhut na beachdan agad a chur air adhart air mar a b' urrainn dhuinn rudan a dhèanamh ann an dòigh dhiofraichte, a' coimhead air na [dùblain agus cothroman san àm ri teachd](#).

Tha an earrann seo cuideachd a' dèiligeadh ri mar as urrainn dhuinn cuideachadh le bhith ag ath-thogail ceanglaichean na h-Alba agus aig an aon àm a' lughdachadh buaidhean àrainneachdail na còmhail adhair, a' cur ri priomhachas "gniomhach air a' gnàth-shìde" anns an Ro-innleachd Còmhail Nàiseanta agus ri bhith a' coileanadh na targaid gus cothromachadh carboin a ruigsinn ro 2045 a tha air a mhìneachadh ann an [Achd Atharrachadh na Gnàth-shìde](#). Tha an targaid seo a' gabhail a-steach eimiseanan an dà chuid bho chòmhail adhair taobh a-staigh na dùthcha agus gu h-eadar-nàiseanta. Airson barrachd fiosrachaiddh mu cheangailteachd na h-Alba ro ChOVID agus airson buaidh eaonamach, sòisealta agus àrainneachdail na còmhail-adhair air Alba, faic [Co-theacs](#).

## Amas

Gus puirt-adhair is companaidhean-adhair a chuideachadh gus ceanglaichean adhair eadar-nàiseanta na h-Alba ath-thogail agus gus fàs a thoirt orra às dèidh COVID-19 gus taic a thoirt do thurasachd a-steach agus do dh'fhas eaonamach sheasmhach, agus aig an aon àm a bhith a' lughdachadh buaidh àrainneachdail còmhail adhair a rèir gealltanais Riaghaltas na h-Alba a bhith na nàisean le cothromachadh carboin ro 2045.

Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' ruigsinn nan ìrean de cheangailteachd a th' aig nàiseanan agus sgìrean a tha coltach rithe (m.e. Èirinn agus Catalonia) leis an amas aig a' cheann thall a bhith comasach air siubhal eadar Alba agus cathair-bhaile cudromach sam bith san t-saoghal an dàrna cuid gu dìreach no le dìreach aon stad aig a' char as mothà. Tha leasachaidhean mar seo ann an ceanglaichean eadar-nàiseanta a' cumail taic ri gniomhachas na h-Alba agus a' brosnachadh margaidhean ùra airson turasachd a-staigh.

## Mar a choileanar an t-amas seo

### Dòigh-obrach com-pàirteachaidh

Bidh Còmhail Alba, Leasachadh Eadar-nàiseanta na h-Alba, lomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus VisitScotland ag obair ann an dlùth chom-pàirteachas gus taic a thoirt do chompanaidhean-adhair, a dh'haodadh a bhith na chatalist do cho-dhùnaidhean aig companaidhean-adhair gus slighe ùr a thòiseachadh. 'S e buannachd a th' aig an dòigh-obrach seo gum bithear ag obair gu dlùth le puirt-adhair na h-Alba.

Tha 'sealladh nàiseanta' air gach moladh a thaobh a bhith a' cruthachadh shlighean. Obraichidh sinn ann an com-pàirteachas co-ionnan le puit-adhair, fo rùn, gus fiosrachadh a cho-roinn air prìomhachasan slighe; agus gus dàimh conaltraidh a bhith ann le loidhnichean-adhair san fhaid-ùine gus Alba a bhrosnachadh. Tha an taic a bhios sinn a' tabhann do chompanaidhean-adhair air a dhealbhadh gu sònraichte airson na slighe/nan slighean air a bheilear a' beachdachadh agus faodaidh e a bhith ann an cruth pasganan margaidheachd co-obrachail tarraingeach agus/no a bhith a' toirt fiosrachadh margaidh agus dàta gu companaidhean-adhair a thaobh comas margaidh na h-Alba. Is urrainnear taic a bharrachd a thabhall do chompanaidhean a tha a' beachdachadh air a bhith stèidheachadh gnothaichean ann an Alba, mar thoradh air buaidhean eaonamach, a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh obair, a thig le leasachadh den t-seòrsa seo.


Tha deagh chom-pàirteachas air a bhith againn le puit-adhair na h-Alba sna beagan bhliadhnaichean mu dheireadh, a' cuideachadh gus slighean ùr fhaighinn agus a' sealltann gun robh deagh bhuaidh aig an taic againn. Mar eisimpleir, tha Munich gu Dùn Èideann (Eurowings), New York JFK gu Glaschu (Delta) agus Amsterdam gu Inbhir Nis (KLM) uile nan slighean a fhuair taic bho 'Sgioba na h-Alba'. Tha na trì slighean sin a-mhàin a' cruthachadh buaidh eaonamach de £13.4 millean sa bhliadhna<sup>7</sup> agus a' cumail taic ri 215 obrachean FTE. Tha an obair seo air Alba a chuideachadh gus iùrean ceangailteachd fhaighinn a tha coltach ri roinnean a tha coltach rithe, ged a tha nas lugha de chinn-uidhe air leth aig Alba na th' aig na prìomh roinnean a tha coltach rithe.<sup>8</sup>

---

<sup>7</sup>Air a obrachadh a-mach mar a leanas: daoine à taobh a-muigh na h-Alba x cosg cuibheasach gach duine (tursan a-steach a rèir faid, tricead, comas is factaran luchdan), a' toirt aire do dh'aodion (caitheamh luchd-còmhnaidh Albannach a-muigh), eadar-shuidheachadh, deadweight agus buaidhean iomadachaидh.

<sup>8</sup>Airson barrachd fiosrachaidh air ciamar a tha Alba an comas ri sgìrean a tha coltach rithe, Faic Eàrr-ràdh A.

## Sgrùdadadh cùise – Slighean Cruinneil



Tha World Routes na thachartas còmhdhail adhair a bhios Còmhdhail Alba, Leasachadh Alba Eadar-nàiseanta agus VisitScotland a' frithealadh gus taic a chumail ri oidhirpean nam port-adhar Albannach gus ceangailteachd eadar-nàiseanta adhartachadh.

Tha an tachartas seo a' toirt nam prìomh bhuidhnean uile còmhla, gus an urrainn dhuinn comas margaidh na h-Alba a bhrosnachadh agus gus coinneachadh ri diofar loidhnichean-adhair gus bruidhinn air slighean ùra agus slighean a th' ann mar-thà do dh'Alba a tha cudromach airson turasachd a-staigh agus gnìomhachas.

4. A' cuimhneachadh air na dùblain agus na cothroman san àm ri teachd, dè na h-atharrachaidhean, ma tha gin ann, a bu chòir dhuinn dhèanamh air an dòigh-obrach againn gus cuideachadh gus ar n-amas airson ceangal eadar-nàiseanta a choileanadh?

## Dùthchannan le prìomhachas

Gus am bi an obair againn cho èifeachdach 's a ghabhas le bhith gar cuideachadh gus ceangailteachd na h-Alba ath-bheothachadh, tha sinn air liosta thòiseachail de dhùthchannan ris am bu chòir prìomhachas a thoirt. Tha an liosta seo (faic an clàr gu h-iosal) stèidhichte air na prìomh dhùthchannan prìomhachais a chaidh a chomharrachadh ann an Scotland: A Trading Nation, cho math ri dàta agus ro-mheasaidhean air luchd-tadhail eadar-nàiseanta a dh'Alba, tasgaidhean dìreach à thall thairis, oilleanaich eadar-nàiseanta agus co-nbrachaidhean rannsachaidh. Airson barrachd fiosrachaidh, faic [Èarr-ràdh B](#). Bu toil leinn do bheachdan a

chluinntinn air an liosta seo gus dèanamh cinnteach gur iad sin na dùthchannan ceart gus prìomhachas a thoirt.

Bidh fòcas na h-obrach againn san àm ri teachd air feuchainn ri deagh cheanglaichean a dhèanamh leis na dùthchannan prìomhachais againn, ach chan e liosta choileanta a tha seo. Beachdaichidh sinn air taic a thoirt do shlighean eile, cho fad 's a tha iad a rèir an amais againn a bhith a' cumail taic ri gnìomhachas is turasachd ann an Alba. Tha e na phrìomh eileamaid den obair leasachaiddh slighe againn a bhith a' planadh air adhart ach a' cumail ire de shùbailteachd gus an urrainn dhuinn gabhail ri cothrom sam bith ùr a thig am bàrr.

#### Clàr 1: Dùthchannan le prìomhachas airson tursan adhair goirid agus fada

Prìomhachas	Tursan goirid	Tursan fada
1	A' Ghearmailt	Na Stàitean Aonaichte
2	An Fhraing	Sìona
3	Na Tìrean Ìosal	Canada
4	An Eadailt	Astràilia
5	Nirribhidh	Seapan
6	An Spàinn	
7	An Eilbheis	
8	A' Bheilg	
9	An t-Suain	
10	Èirinn	

**5. A bheil thu ag aontachadh leis na dùthchannan a gheibheadh priomhachas airson tursan goirid agus tursan fada sa chlàr gu h-àrd?**

- a. Tha
- b. Chan eil
- c. Chan eil fhios agam

**6. Dè na dùthchannan eile air am bu chòir dhuinn fòcas a chur:**

- a. Thairis air ùine goirid (an ath 2 bhliadhna)
- b. Thairis air ùine mheadhanach (an 2 -5 bhliadhna)
- c. San ùine fhada? (5 bliadhna +)

## Ceanglaichean tro phuirt-adhair hub agus ceanglaichean dìreach

Is urrainn ceangal a dhèanamh ri dùthchannan priomhachais tro cheangailteachd hub no gu dìreach ('puing gu puing'). Mar thoradh air deagh cheangailteachd eadar Alba agus puirt-adhair hub cruinneil, tha ceangailteachd ri tàrr àiteachan far am bu dòcha nach biodh slighe dhìreach seasmhach.

Tha tursan dìreach nas luithe na bhith a' ceangal tro phort-adhair hub agus mar as trice, tha iad a' lùghdachadh nan eimiseanan ionlan bhon turas, gu sònraichte air na slighean eadar Alba agus Ameireaga a Tuath far a bheil siubhal air ais chun taobh às an thàinig thu air a sheachnad le turas dìreach. Agus gu cudromach, tha slighean dìreach a' brosnachadh iarras ùr le bhith a' fosgladh margaidhean ùra airson iarrtas a-steach agus ceangaileachd gnìomhachais.

Mar sin, cumaidh sinn oirnn co-obrachadh le roinn na còmhdaile adhair gus feuchainn ri barrachd ceangailteachd puing-ri-puing far a bheil slighe dhìreach practaigeach. Tha sinn fada den bheachd gun toireadh measgachadh làidir de shlighean direach agus de cheanglaichean ri puirt-adhair hub eadar-nàiseanta deagh bhuaidh air eaonomaidh na h-Alba.

## A' lùghdachadh na buaidh àrainneachdail de bhith a' toirt air ais ceanglaichean eadar-nàiseanta

Tha an earrann [A' gluasad gu còmhdaile adhair le beag-eimisein is gun eimiseanan](#) a' coimhead air a bhith a' lùghdachadh na buaidh àrainneachdail bho chòmhdaile adhair san fharsaingeachd. Anns an earrainn seo, bu toil leinn do bheachdan a chluinntinn air mar a b' urrainn dòigh-obrach Sgioba Alba a chuideachadh gus na buaidh àrainneachdail aig còmhdaile adhair gu/bho dhùthchannan eile a lùghdachadh.

**7. Ciamar a bhrosnaicheas sinn a bhith a' cleachdad  
plèanaichean nas èifeachdaiche, agus a' dèanamh cinnteach  
cuideachd gu bheil sinn a' cumail nan slighean a  
dh'fheumas Alba?**

# Ceangailteachd taobh a-staigh na h-Alba

## Ro-ràdh

Tha suidheachadh agus cruinn-eòlas na h-Alba a' ciallachadh gu bheil còmhdhail adhair fior chudromach gus ceangailteachd a thoirt seachad taobh a-staigh na h-Alba, agus eadar Alba agus páirtean eile den RA. Tha seo a' ciallachadh ceangailteachd leis a' chòrr den t-saoghal tro Heathrow, fear de na puit-adhair hub cruinneil.

A rèir [Suirbhidh Dachannan na h-Alba](#), bidh a' mhòr-chuid de dhaoine a thaghас còmhdhail adhair taobh a-staigh na RA an àite modhan còmhdhail eile a' dùeanamh seo a chionn 's gun robh e nas luaithe, ach rinn beagan is an treas cuid seo a chionn 's gun robh e na bu shaoire. Tha e a' toirt cha mhòr ceithir uairean a thìde eadar Inbhir Nis agus meadhan Lunnainn<sup>9</sup> ma chleachdar plèana mar phrìomh mhodh còmhdhail, an taca ri ochd uairean gu leth air trèana agus cha mhòr 16 uair a thìde air coidse. Air cuid de na slighean nas fhaide, tha [na h-eimiseanan gach neach-siubhail](#) nas àirde na seòrsaichean còmhdhail eile. Ach airson cuid de na slighean eile, mar eisimpleir, Glaschu gu Beal Feirste, tha na h-eimiseanan airson gach duine bho chòmhdhail adhair nas ìsle na a' mhòr chuid de na dòighean siubhail eile.

Tha feum air subsadaidh poblach aig an àm seo airson seirbheisean adhair air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan agus cha ghabh cuid de na slighean a ruith air stèidh coimeirsealta. Faic [Co-theacs](#) agus [Èarr-ràdh C](#) airson barrachd fiosrachaидh.

Tha an earrann seo a' sìreadh do bheachdan air mar as urrainn dhuinn an t-amas againn gus ceangailteachd taobh a-staigh na dùthcha a choileanadh, a' gabhail a-steach mar as urrainn dhuinn gealltanasan Riaghaltas na h-Alba a choileanadh gus tursan-adhair luchd-siubhail sgeidealaichte taobh a-staigh na h-Alba dì-charbonachadh ro 2040, agus am bu chòir do Riaghaltas na h-Alba companaidhean-adhair a bhrosnachadh gus tiogaidean plèana is trèana a thabhall.

Cuidichidh seo gus trì de na prìomhachasan ann an Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdhail a lìbhrigeadh (a' lùghdachadh neo-ionannachd, gnìomhach a thaobh na gnàth-shide, a' cuideachadh gus fàs eaonamach in-ghabhalach a lìbhrigeadh).

Tha an earrann [A' gluasad gu còmhdhail adhair le beag-eimisein is gun eimiseanan](#) a' coimhead air a bhith a' lùghdachadh na buaidh àrainneachdail bho chòmhdhail adhair san fharsaingeachd.

## Amas:

Gum bi seirbheisean adhair beag-carbon agus gun charbon eadar Alba agus páirtean eile den RA a tha a rèir feumalachdan coimhearsnachdan agus a' cuideachadh gus fàs eaonamach seasmhach a libhrigeadh.

Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dì-charbonachadh seirbheisean adhair sgeidealaichte taobh a-staigh na h-Alba ro 2040 agus seirbheisean adhair a bhith

<sup>9</sup> A' gabhail a-steach àm siubhail gu agus bhon phort-adhair agus àm feitheimh cuibheasach.

ann air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan a bhios a' toirt seachad deagh luach an airgid airson luchd-siubhail agus dhan luchd-pàighidh chìsean.

## Mar a choileanar an t-amas seo

### A' dì-charbonachadh seirbheisean adhair sgeidealaichte taobh a-staigh na h-Alba

A chionn 's gu bheil astaran goirid agus àireamhan beaga de luchd-siubhail air cuid de na seirbheisean adhair a' ciallachadh gu bheil iad flor fhreagarrach airson a bhith a' gabhair ri soithichean-adhair beag-eimisein/gun eimisein gu tràth. Ach, a chionn 's gu bheil a' mhòr-chuid de na seirbheisean adhair ann an Alba air an ruith air stèidh coimeirsealta, 's e na loidhnichean-adhair seach Riaghaltas na h-Alba a bhios a' codhùnadh dè an soitheach-adhair a chleachdas iad air na slighean aca.

Is e aon roghainn gus dèanamh cinnteach gun tèid plèanaichean beag-eimisein/gun eimiseanan a chleachdadh tràth air slighean air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan, gun ceannaich Riaghaltas na h-Alba plèanaichean gun eimiseanan nuair a thig iad dhan mhargaidh, agus an uair sin a bhith gan toirt air mèl do chompanaidh(ean)-adhair a tha a' ruith nan seirbheisean air na slighean sin. Tha seo a' ciallachadh nach fheum an loidhne-adhair/na loidhnichean-adhair na cosgaisean calpa tùiseachaidh a dhèanamh, ach gum faigh iad buannachd bho na cosgaisean ruith nas lugh aig na seòrsachean soithich-adhair seo. Tha e cuideachd a' ciallachadh, tro chosgaisean mèil, gum bi e comasach do Riaghaltas na h-Alba cosgaisean an tasgadh thûsail fhaighinn air ais, agus aig an aon àm a' luathachadh an eadar-ghluasaid gu soithichean-adhair beag-eimisein/gun eimiseanan. Le cosgaisean ruith nas isle an taca ri soitheach-adhair àbhaisteach, dh'fhaodte gum bi isleachadh ann am faraidhean adhair cuideachd. Tha seo coltach ris an rèiteachadh àbhaisteach far a bheil dà phlèana Twin Otter aig HIAL a bhios e a' liosadh do Loganair gus na trì slighean PSO aig Còmhail Alba a ruith.

## Sgrùdadh Cùise – Nirribhidh



Tha Nirribhidh ag amas air targaid gus na ciad seirbheisean sgeidealaichte taobh a-staigh na dùthcha a ruith le plèanaichean dealanach ro 2030.

Tha Avinor (a tha an urra ris na 44 puit adhair a tha fo shealbh na Stàite) agus Ùghdarris Itealanachd Shiobhalta Nirribhidh air prògram a chruthachadh airson a bhith a' toirt a-steach sothichean-adhair dealanach. Tha e air soitheach-adhair dealanach a cheannach bho chionn ghoirid a ghabhas cleachdadh airson trèanadh paidhleatan is a leithid.

- 8. Dè do bharail air a' bheachd gun ceannacheadh Riaghaltas na h-Alba plèanaichean gun eimiseanan gus an lìosadh do loidhne-adhair sam bith a tha a' ruith slighean air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan?**
- 9. Dè eile as urrainn do Riaghaltas na h-Alba dèanamh gus a amas a choileanadh gus seirbheisean adhair sgeidealaichte taobh a-staigh na h-Alba a dhì-charbonachadh ro 2040?**

## Feumalachdan coimhearsnachdan na Gàidhealtachd is nan Eilean san àm ri teachd

Tha e fior dhoirbh ro-innse mionaideach a dhèanamh air feumalachdan còmhdaileadh nan coimhearsnachdan air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan. Gus ar cuideachadh le bhith a' beachdachadh air a' cheist seo, tha sinn air trì shuidheachaidhean a chruthachadh. Ged nach eil sinn cinnteach dè an suidheachadh a thig gu buil, ma thig gin, tha e na chuideachadh dhuinn

beachdachadh air dè na ceanglaichean adhair a dh'fhaodadh a bhith a dhith oirnn anns na diofar shuidheachaidhean seo.

**'S e suidheachaidhean baralach a tha seo gus deasbad a bhrosnachadh. Chan iad builean air a bheil Riaghaltas na h-Alba ag amas.**

Nas lugha de dh'iarrtas airson seirbheisean adhair	An aon ìre de dh'iarrtas airson seirbheisean adhair	Barrachd iarrtais airson seirbheisean adhair
<ul style="list-style-type: none"> <li>• A' cleachdadadh co-labhairtean bhidio agus teicneòlas eile barrachd</li> <li>• Telemedicine</li> <li>• Fòcas air luchdturais a bhios a' cosg barrachd seach air barrachd luchd-turais</li> <li>• Goireasan nas fhèarr ann an eileanan</li> <li>• Rèile fior luath</li> <li>• Post agus stuthan leigheis gu bhith air an lìbhrigeadh le dròn</li> <li>• Seirbheisean aiseig nas fheàrr agus/no ceanglaichean stèidhichte (drochaidean/ca bhsairean/tunail ean)</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Mun aon àireamh de dhaoine a' fuireach agus ag obair air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan (m.e. mar thoradh air fàs ann an roinn an lùths, barrachd dhaoine ag obair air astar agus aig an taigh, barrachd ghniomhachasan beaga ùr a' tòiseachadh is mar sin air adhart.)</li> <li>• Gun atharrachadh a bhith air pàtrnan siubhail làithreach</li> <li>• Gun atharrachadh sam bi ris an dòigh anns a bheilear a' gluasad bathar</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Barrachd dhaoine a' fuireach agus ag obair air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan (m.e. mar thoradh air fàs ann an roinn an lùths, barrachd dhaoine ag obair air astar agus aig an taigh, barrachd ghniomhachasan beaga ùr a' tòiseachadh is mar sin air adhart.)</li> <li>• Nas lugha de luchd-turais</li> <li>• Cosgaisean nas ìse mar thoradh air a bhith a' cleachdadadh plèanaichean dealanach/haidridein</li> <li>• Gluasad modh bho aiseag gu plèana</li> <li>• Barrachd bathair air a giùlan am broinn ciste nam plèana/ann an seirbheisean bathair adhair air leth</li> </ul>

- 10. Dè na seirbheisean adhair a bu chòir a bhith ann gus feumalachdan muinntir na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus daoine a tha a' tadhail air a' Ghàidhealtachd is nan Eilean a choileanadh sna suidheachaidhean a chaidh ainmeachadh gu h-àrd:**
- nas luga de dh'iarrtas airson seirbheisean adhair**
  - An aon ìre de dh'iarrtas airson seirbheisean adhair**
  - barrachd iarrtais airson seirbheisean adhair?**

## **Seirbheisean is faraidhean air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan**

Tha na seirbheisean adhair air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan mar as trice air an ruith air stèidh coimeirsealta le beagan eadar-theachd bhon roinn phoblaich. Tha co-dhaingneachadh air a bhith sa mhargaid chun na h-ìre is gu bheil a' mhòr-chuid de na seirbheisean air an ruith le aon chompanaidh adhair.

- 11. Tha a' mhòr-chuid de na seirbheisean adhair air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan air an lìbhrigeadh air stèidh coimeirsealta. Dè an dòigh as fheàrr san urrainn do Riaghaltas na h-Alba obrachadh leis an roinn phrìobhaidich gus na seirbheisean adhair a lìbhrigeadh a tha a dhìth nad bheachd?**

Bha cosgais àrd nan seirbheisean adhair air aon de na cuspairean a chaidh a thogail le grunn choimhearsnachdan eileanach anns a' cho-chomhairle ann am Plana Nàiseanta nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba. Tha cosgaisean stèidhichte àrd aig seirbheisean adhair, ach tha cosgais nam faraidhean an urra ri àireamh an luchd-siubhail air a' phléana. Le barrachd luchd-siubhail, bidh gach neach a' pàigheadh nas luga oir tha na cosgaisean air an co-roinn eatarra. Ach, le nas luga de luchd-siubhail, tha a' chosgais gach duine nas àirde. Air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan tha àireamhan luchd-siubhail gu math ìosal airson a bhith a' co-roinn chosgaisean, fiù 's aig na slighean as trainge. Tha seo a' fàgail gu bheil na faraidhean nas àirde na bhiodh luchd-siubhail gu tric a' pàigheadh air slighean nas fhaide, nas trainge.

Tha Riaghaltas na h-Alba air feuchainn ri aghaidh a chur ri cosgaisean siubhail san ìre tro shubsadaidh do HIAL agus tro bhith a' ruith [Sgeama Lasachaidh Adhair](#). Tha an sgeama a' toirt lasachadh do chuid de luchd-còmhnaidh air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan air slighean ion-roghnach. A bharrachd air seo, chan fheum seirbheisean adhair a tha a' falbh bho phuirt-adhair air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan Cìs Luchd-siubhail Adhair na RA a phàigheadh.

- 12. Dè cho èifeachdach 's a tha an Sgeama Lasachaidh Adhair air a bhith ann an dèiligeadh ri faraidhean àrda?**

### 13. Ciamar as urrainn do Riaghaltas na h-Alba an Sgeama Lasachaideadh Adhair a leasachadh?

Le bhith a' cur ris na seirbheisean luchd-siubhail sgeidealaichte air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan le diofar mhodalan obrachaidh, dh'fhaodadh gun lùghdaicheadh seo cosgaisean / no gun cuireadh e ri tricead agus ris na cinn-uidhe a tha rim faighinn. Aig an àm seo, bidh a' mhòr-chuid de dhaoine a' cleachdadh seirbheisean adhair sgeidealaichte, far a bheil sgeideal suidhichte a thaobh cuine a tha agus càite a bheil na seirbheisean, agus bidh iad a' clàradh air an t-seirbheis a tha iad ag iarraidh. Ach, tha dòighean eile ann, còmhla ri seo, gus seirbheisean adhair a libhrigeadh, a' gabhail a-steach:

- Tagsaidh adhair - bhiodh na seirbheisean seo nas freagairtiche dhan iarrtas ('air iarrtas') agus mar as trice, bhiodh iad air an ruith le plèanaichean gu math beag. Cha bhiodh dùil ann gum biodh iad ag obair air clàran-ama stèidhichte. Ged nach eil tagsaidhean adhair a' ruith sa RA aig an àm seo, tha planaichean gus tagsaidhean adhair a ruith ann an dùthchannan eile sna beagan bhliadhnaichean ri thigheann.
- Seirbheisean siartair fosgalte - bhiodh buidhnean le feumalachdan siubhail mòr (m.e. an NHS no gniomhachas na h-ola is a' ghas) a' toirt seachad ire bhunasach de dh'iarrtas airson seirbheis a tha ag obair aig na h-amannan as fheàrr dhan bhuidheann sin. An àite a bhith na siartair dùinte, ge-tà, dh'fhaodadh am poball clàradh air na seirbheisean cuideachd.

## Mar a dh'haodadh seirbheis air iarrtas obrachadh

Thatar an dùil gun ruitheadh compaidean seirbheisean adhair air iarrtas, mar eisimpleir, tasgaidhean adhair, ann an diofar dhòighean. Bidh tagsaidhean adhair nam plèanaichean fior bheaga agus is dòcha gum bi iad làn-dhealanach no a' cleachdadhe cumhachd haidridein.

Chithear eisimpleir de cò ris a dh'haodadh seo a bhith coltach an da-rìribh bho shealladh neach-siubhail gus cuideachadh leis an fhreagairt le ceist 14 gu h-ìosal:

Co-dhùin far a bheil  
thu ag iarraidh a  
dhol agus cuine

Cuir an tagsaidh-  
adhair agad air  
dìogh (le roghainn  
an tagsaidh adhair  
agad a cho-roinn le  
daoine eile)

Rach dhan phort-  
adhair/àite eile  
agus faigh an  
tasgaidh adhair  
agad

Laigh aig a' cheann-  
uidhe

## Mar a dh'haodadh seirbheis siartair obrachadh

Tha tòrr roghainnean air mar a dh'haodadh siartair fosgailte obrachadh Thathar an dùil gum biodh am plèana siartair fosgailte nas mothà na tagsaidh adhair, ach bidh seo a' crochadh air dè a thaghlas a' chompanaidh a tha a' coimiseanadh an t-siartair fosgailte.

Chithear eisimpleir de cò ris a dh'haodadh seo a bhith coltach an da-rìribh bho shealladh neach-siubhail gus cuideachadh leis an fhreagairt le ceist 15 gu h-ìosal:

Tha a'  
chompanaidh a'  
co-dhùnidh gum  
feum e grunn  
luchd-obrach a  
chur bho X gu Y  
gach seachdain

Bidh a'  
chompanaidh agad  
a' cur plèana air  
dìogh air siartair,  
gus thu fhèin agus  
do cho-obraichean  
a chur bho X gu Y  
gach seachdain

Chì daoine nach eil  
ag obair anns a'  
chompanaidh agad  
nuair a tha na  
seirbheisean  
adhair seo gu bhith  
ann agus faoidh  
iad clàradh orra  
airson a dhol ann  
cuideachd

Bidh thu fhèin, do  
cho-obraichean  
agus buill den  
phoball a' dol  
dhan phort-adhair  
agus a' siubhal gu  
Y.

**14. Dè do bheachd air a bhith a' cur seirbheis air iarrtas air  
dìogh gus cur ris a' mhodal obrachaidh, mar eisimpleir  
tagsaidhean adhair?**

**15. Dè do bheachd air seirbheis siartair fosgailte?**

**16. A bharrachd air seirbheisean air iarrtas agus siartair fosgailte, a bheil modailean obrachaидh eile a ghabhadh cleachdadadh nad bheachd? Ma tha, dè a th' annta?**

## Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean

Tha seirbheisean puirt-adhair airson seirbheisean adhair sgeidealaichte air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan air an toirt seachad aig an àm seo le HIAL, Comhairle Shealtainn, Comhairle Arcaibh agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid. Tha an clàr gu h-ìosal a' mìneachadh dè na puirt-adhair a tha gach buidheann a' ruith.

Chan urrainn do ghin de na puirt-adhair a tha air an ruith leis na buidhnean seo ruith air stèidh coimeirsealta aig an àm seo agus feumaidh iad uile subsadaidh gus cumail a' dol. Tha am modail làithreach a' toirt smachd dhìreach do gach buidheann air na gnothaichean a tha iad a' stiùireadh, ach le ceithir diofar buidhnean a tha a' ruith phuirt-adhair anns an sgìre, tha e nas duilge eaconamaidhean sgèile fhaighinn, mar eisimpleir tro bhith a' ceannach uidheamachd ann am meudachd.

### Clàr 2: Stiùireadh nam port-adhair air a' Ghàidhealtachd agus sna h-eileanan

Gníomharaiche (operator)	HIAL	Comhairle Shealtainn	Comhairle Arcaibh	Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
Puirt-adhair	Barraigh  Beinn na Faoghla  Ceann Loch Chille Chiarain  Dùn Dè  Inbhir Nis  Ìle  Kirkwall  Steòrnabhagh  Sumburgh  Tiriodh  Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt	Fair Isle  Foula  Out Skerries  Papa Stour  Tingwall  Whalsay	Eday  Ronaldsay a Tuath  Papa Westray  Sanday  Stronsay  Westray	Colla  Colbhasa  An t-Òban

**17. Dè na neartan agus laigsean a th' aig a' mhodal  
obrachaидh a tha air a mhìneachadh sa chlàr gu h-àrd?**

**18. Dè na h-atharrachaidhean a bu chòir dèanamh air na h-uallachaidhean rianachd seo gus piseach a thoirt air seirbheisean nad bheachd, ma tha atharrachadh sam bith a dhìth?**

**19. Dè na h-atharrachaidhean a bu chòir dèanamh air na h-uallachaidhean rianachd seo gus cosgaisean ruith a lùghdachadh nad bheachd, ma tha atharrachadh sam bith a dhìth?**

### Tiocaidean plèana is trèana

San Aonadh Eòrpach, bidh cuid de na loidhnichean-adhair a' reic tiocaidean plèana-trèana far an urrainn do dhaoine a dhol air plèana airson pàirt den t-slighe agus a dhol air trèana airson pàirt eile. Is e amas nan tiocaidean seo a dhèanamh nas fhada do dhaoine diofar mhodhan còmhail a chleachdadh còmhla gus na h-eimiseanan iomlan bhon slighe a lùghdachadh.

Ghabhadh an seòrsa tiocaid seo a chleachdadh ann an Alba airson siubhal gu agus bhon phort-adhair agus air làithean eile. B' urrainn dhan t-seòrsa tiocaid seo luchdtadhail a bhrosnachadh gus àiteachean eile ann an Alba fhaicinn, mar eisimpleir, a bhith a' dol air turas adhair gu meadhan na h-Alba, a' cur seachad beagan làithean ann agus an uair sin a' dol dhan Aghaidh Mhòir air an trèana.

Dh'fhaodadh Riaghaltas na h-Alba loidhnichean-adhair a bhrosnachadh gus tiocaidean plèana is trèana a thabhall, ach, bhiodh an co-dhùnadh seo an urra ri loidhnichean adhair aig a' cheann thall (faic an earrann air [dleastanasan](#) airson barrachd fiosrachaيدh).

**20. A bheil thu a' smaoineachadh gum bu chòir Riaghaltas na h-Alba companaidhean adhair a bhrosnachadh gus tiocaidean plèana is trèana a thabhall?**

- a) Tha
- b) Chan eil
- c) Chan eil fhios agam

**21. Ma fhreagair thu "tha" dè an dùigh a b' fheàrr sa b'  
urrainn do Riaghaltas na h-Alba seo a dhèanamh?**

## Bathar

### Ro-ràdh

Tha Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdhail a' cur an cèill cho cudromach 's a tha còmhdhail bathair èifeachdach airson malairt agus airson fàs eaconomach seasmhach. Tha còmhdhail adhair air aon de na dòighean anns am bithear a' giùlan bathar ann an Alba ach aig an àm seo, chan eil ach cuibhreann glè bheag den bhathair uile air a ghiùlan san dòigh seo ([nas lughna 1%](#)). Mar as trice, chan eil còmhdhail adhair air a chleachdadach ach airson nithean le luach àrd no ann an cabhag.

Ach, mar thoradh air atharrachaidhean a dh'adhbharaich an RA a bhith a' fàgail an Aonaidh Èòrpaich, cho math ri leasachadh air drònaichean, dh'fhaodte gum bi bathar adhair nas cudromaiche san àm ri teachd. Tha am fàs ann an seopadaireachd air-loidhne cuideachd air cur ris an iarrtas airson còmhdhail adhair gu Eileanan na h-Alba.

### Amas:

Gus cuideachadh gus an gealltanais ann an Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdhail a choileanadh gus bathar adhair èifeachdach agus seasmhach a bhrosnachadh.

### Mar a choileanar an t-amas seo

#### Ceangal ri ath-shlànnachadh agus leasachadh slighean

A bharrachd a bhith air an giùlan air plèanaichean bathair, tha bathar air an giùlan ann am plèanaichean luchd-siubhail. Chunnacas cho cudromach 's a tha seirbheisean sgeidealaichte do luchd-siubhail rè àm COVID-19 nuair a chuir an leudachadh mòr ann an seirbheisean luchd-siubhail air feadh na cruinne ris an iarrtas airson seirbheisean bathar adhair sònraichte.

Mar phàirt den dòigh-obrach Sgioba Alba a thaobh leasachadh agus ath-bheothachadh shlighean, beachdachaidh sinn air na cothroman gus còmhdhail bathair èifeachdach is seasmhach a bhrosnachadh (faic an earrann [Ceangailteachd eadar-nàiseanta](#) airson barrachd fiosrachaidh).

### Puir Uaine

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cruthachadh planaichean gus [puirt uaine](#), a stèidheachadh, far am faigh gniomharaichean nam port agus gniomhachasan pasgan de bhrosnachaidhean cìse is cusbainn. Dh'fhaodadh puirt-ùine a bhith air an suidheachadh ann an grunn diofar àiteachan, a' gabhail a-steach puirt-adhair na h-Alba. Gus buannachd fhaighinn, feumaidh gniomhachasan a bhith stèidhichte ann an sòn a' phuirt uaine agus a bhith air aontachadh cothromachadh carbon a ruigsinn agus a bhith a' gabhail ri slatan-tomhais Obair Chothromach an Toiseach, a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid luchd-obrach a phàigheadh gu cothromach.

## Modalan libhrigidh ùra

Tha [Future Flight Challenge](#) air maoineachadh a thoirt do ghrunn phròiseactan a tha a' coimhead air mar a ghabhadh drònachean a chleachdad a san àm ri teachd gus na feumalachdan aig daoine a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan iomallach agus dùthchail a choileanadh. Tha iad seo a' gabhail a-steach solar meadaigeach, post agus páirtean spare.

- 22. Dè eile as urrainn do Riaghaltas na h-Alba dèanamh gus còmhdhail bathair adhair èifeachdach agus seasmhach a bhrosnachadh, nad bheachd?**

## Amasan eile?

Anns an sgriobhainn deasbaid seo, tha Riaghaltas na h-Alba air a amas a chur an cèill gum bi ceangailteachd nàiseanta agus eadar-nàiseanta aig Alba a leigeas leinn na buannachdan eaonamach is sòisealta uile aig còmhdhail adhair a bhith againn agus aig an aon àm a bhith a' lughdachadh na buaidh àrainneachdail againn.

Tha sinn fosigailte do bheachdan eile, ge-tà, agus chuireamaid fàilte air na beachdan agad air amasan eile a bu chòir a bhith san ro-innleachd. Nuair a tha thu a' freagairt, bu chòir dhut beachdachadh air lèirsinn Riaghaltas na h-Alba agus air mar a tha [dleastanasan](#) air an co-roinn Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean eile.

### 23. Dè eile a bu chòir do Ro-innleachd nan Seirbheisean Adhair a bhith ag amas air coileanadh?

## Na h-Ath-cheuman

Cleachdaidh sinn na freagairtean agaibh dhan sgriobhainn deasbaid seo gus cuideachadh le bhith a' dreachdad Ro-innleachd nan Seirbheisean Adhair mar fhiosrachadh do cho-dhùnайдhean Riaghaltas na h-Alba mu na gnìomhan a nì sinn gus an ro-innleachd a lìbhrigeadh.

## Leas-phàipear A


### Ceangailteachd na h-Alba ro Chovid

Tha sinn air [mapa eadar-ghniomhach a dhèanamh de cheangailteachd adhair na h-Alba ro Chovid](#). Faodaidh tu a sheòrsachadh a rèir port-adhair no roinn.

#### An Roinn Eòrpa




#### Aimeireaga a Tuath agus Meadhan Aimearaga



### An còrr dhen t-saoghal



### An Rìoghachd Aonaichte



## Alba an comas ri sgìrean a tha coltach rithe

Chaidh comas a dhèanamh eadar lònra adhair na h-Alba agus na lònraighean adhair aig roinnean agus dùthchannan eile san RA agus san Roinn Eòrpa a tha coltach rithe a thaobh eaconomaidh, àireamh sluaigh, far a bheil iad suidhichte, meud agus ìrean nan seirbheisean adhair.<sup>10</sup>

---

<sup>10</sup> Attitude Analysis, OAG, GAWC.

Ann an 2008 bha Alba san 10mh àite a-mach às na 12 roinnean coltach rithe airson ceanglaichean le cinn-uidhe tursan goirid agus san t-6mh àite airson tursan fada. Ann an 2019 bha Alba san 8mh àite a-mach às na 12 roinnean coltach rithe airson ceanglaichean le cinn-uidhe tursan goirid, leis an àrdachadh as mothu uile gu lèir a thaobh ceudad. Ach cha deach an uiread de chinn-uidhe air leth bho Alba am meud cho mòr 's a chaidh e do roinnean coltach rithe, mar eisimpleir Catalonia, mar a chithear sa chlàr gu h-iosal:

### Clàr 3: Cinn-uidhe turasan goirid is fada na h-Alba an taca ri dùthchannan coltach rithe

	Cathair-bhaltean air leth (tursan goirid S08)	Cathair-bhaltean air leth (tursan goirid S19)	Cathair-bhaltean air leth (tursan fada S08)	Cathair-bhaltean air leth (tursan fada S19)	% atharrachadh ann an àireamhan nan cathair-bhaltean	Cathair-bhaltean a bharrachd (Tursan Fada)	Cathair-bhaltean a bharrachd (Tursan Goirid)	Cathair-bhaltean a bharrachd (Cathair-bhaltean Cruinneil Tursan Fada)	Cathair-bhaltean a bharrachd (Cathair-bhaltean Cruinneil Goirid)	Cathair-bhaltean a bharrachd (Cathair-bhaltean Cruinneil Goirid)
An Ostair	106	110	21	22	+3.9%	1	4	7	3	4
Berlin/ Brandenburg (DE)	71	103	3	7	+48.6%	4	32	10	4	6
Catalunya (ES)	101	100	4	27	+21.0%	23	(1)	21	21	-
An Danmhairg	84	94	10	20	+21.3%	10	10	13	10	3
An Fhionnlainn	46	62	12	21	+43.1%	9	16	11	8	3
Ériinn	103	108	11	22	+14.0%	11	5	12	8	4
Midlands (UK)	66	77	6	4	+12.5%	(2)	11	-	-	-
North West (UK)	88	111	15	22	+29.1%	7	23	6	4	2
Nirribidh	65	72	1	5	+16.7%	4	7	3	4	(1)
PACA (FR)	61	73	3	6	+23.4%	3	12	7	3	4
Alba	51	79	6	10	+56.1%	4	28	13	3	10
Veneto (IT)	45	66	4	10	+55.1%	6	21	17	6	11

- Cathair-bhaltean eadar-nàiseanta air leth
- Samhradh 2019 an comas ri Samhradh 2008
- Chan eil seo a' gabhail a-steach cathair bhaltean le nas lugha na 80 seirbheisean gach seusan

Gearr-chunntas de sgìrean coltach (tùs: Altitude Analysis, OAG, GaWC)

## Leas-phàipear B

### Mar a chruthaich sinn an liosta de na dùthchannan aig am biodh prìomhachas

'S e an tamas a th' againn an ceangailteachd eadar-nàiseanta a thoirt seachad a tha a dhìth gus taic a chumail ri fàs eaconamach seasmhach agus gus Alba a chuideachadh airson a bhith air thoisearch air càch ann an turasachd na 21mh linn. Mar sin, ann a bhith a' sgriobhadh liosta nan dùthchannan le prìomhachas, bheachdaich sinn air an dàta làithreach agus air ro-innsean air luchd-tadhail eadar-nàiseanta do dh'Alba, às-bhathar, tadhail eadar-nàiseanta direach, oilleanaich eadar-nàiseanta agus co-obrachaidhean rannsachaidh.

#### Luchd-tadhail eadar-nàiseanta

Tha Scotland Outlook 2030: Responsible tourism for a sustainable future, a' comharrachadh ceangailte mar aon de na sia rudan a tha a dhìth airson soirbheas.

Ann an 2019 b' iad na Stàitean Aonaichte, a' Ghearmailt agus an Fhraing na trì dùthchannan a bu mhotha a thaobh àireamhan luchd-tadhail eadar-nàiseanta, le Siona san treas àite a thaobh caitheamh luchd-tadhail. San fhad-ùine, thathar an dùil gum bi cuibhreann nas motha de luchd-tadhail eadar-nàiseanta do dh'Alba à Síne agus às na h-Innseachan.

## Clàr 4

### Na Prìomh 10 Margaidhean aig Alba airson Turasachd A-staigh Eadar-naiseanta: Tursan, Oidhcheannan agus Cosg - Luach agus Cuibhreann den Iomlan 2019

Dùthaich	Tadhalan		Cosg		Oidhcheannan	
	000an	%	£m	%	000am	%
<b>SAA</b>	636	18%	717	28%	4,246	16%
<b>A' Ghearmailt</b>	322	9%	196	8%	2,228	8%
<b>An Fhraing</b>	222	6%	135	5%	1,723	6%
<b>Na Tìrean Ìseal</b>	182	5%	95	4%	1,210	4%
<b>Siona*</b>	172	5%	142	6%	2,047	7%
<b>Astràilia</b>	148	4%	146	6%	1,706	6%
<b>Èirinn</b>	146	4%	60	2%	475	2%
<b>An Spàinn*</b>	128	4%	51	2%	915	3%
<b>Canada</b>	125	4%	92	4%	1,023	4%
<b>An Eadailt</b>	122	4%	86	3%	1,072	4%
<b>An còrr dhen t-saoghal</b>	1,257	36%	818	32%	10,741	39%
<b>Iomlan</b>	<b>3,460</b>	<b>100%</b>	<b>2,538</b>	<b>100%</b>	<b>27,385</b>	<b>100%</b>

Tùs: IPS, 2019. Dh'fhaodte nach dèan na figearan uile 100% mar thoradh air cruinneachadh. \*Tha na figearan stèidhichte air meudan sampaill nas lugha.

### Às-mhalaire

Alba: Chomharrach A *Trading Nation* liosta de dùthchannan le prìomhachas às a bheil sinn an dùil a thig a' mhòr-chuid de dh'fhàs ann an às-phortadh san àm ri teachd. A dh'aindeoin buaidh eaconomach COVID-19, tha sinn an dùil gu bheil an rangachadh phriomhachasan seo fhathast iomchaidh. Ged a tha a' mhòr-chuid de bhathar air a' ghiùlan ann an longan, tha às-phortadh sheirbheisean gu tric an eisimeil comas a bhith aig daoine siubhail gu luath is gu furasta gu dùthchannan eile. Tha deagh cheangailteachd adhair dhan mhargaidh às-mhalaire air a bheilear ag amas ga dhèanamh furasta cuideachd na ceanglaichean agus eòlas ionadail a dh'fheumas gnìomhachasan gus às-mhalaire a dhèanamh gu soirbheachail. Tha seirbheisean luchd-siubhail air an cleachdadhbh cuideachd gus bathar le luach àrd no nithean so-mhilleadh a ghiùlan, cho math ris na seirbheisean sònraichte do bhathar adhair.

**Clàr 5: Dùthchannan a rèir rangachadh prìomhachas às-phortaidh**

Rangachadh Prìomhachas Às- phortaidh	Dùthaich	Cuibhreann de dh'Às- phortadh Làithreach	Cuibhreann den bheàrn ann an luach an às-phortaidh
1	SAA	17.1%	10.7%
2	A' Ghearmailt	7.2%	13.7%
3	An Fhraing	7.5%	6.5%
4	Na Tìrean Ìseal	7.6%	7.8%
5	An Eilbheis	2.3%	3.1%
6	Nirribhidh	3.1%	3.4%
7	A' Phòlainn	1.2%	3.8%
8	A' Bheilg	3.1%	3.2%
9	Sìona	1.9%	2.7%
10	Èirinn	4.5%	1.9%
11	An Danmhairg	2.7%	1.9%
12	An t-Suain	1.8%	3.0%
13	An Eadailt	2.3%	3.5%
14	Canada	1.8%	1.2%
15	An Spàinn	2.6%	2.2%


## Tasgaidhean Cèin Dìreach

Ann an 2019, b' iad na Stàitean Aonaichte (35%) agus an Fhraing (9%) air an leantainn leis a' Ghearmailt, Iapan agus Nirribhidh a bha san treas àite còmhla na prìomh dhùthchannan le tasgadh dìreach ann an Alba.


### Foghlam Àrd-ìre agus rannsachadh

Tha comas siubhal a dh'Alba gu furasta bho thall thairis cudromach do roinn foghlam àrd-ìre na h-Alba agus tha e a' cur an comas co-obrachadh rannsachaidh eadar-nàiseanta. Mus do dh'fhàg an RA an t-Aonadh Eòrpach, 's ann às a' Ghearmailt, às an Eadailt agus à Èirinn a bha a' mhòr-chuid de dh'oileanaich eadar-nàiseanta a bha a' dùnanamh chùrsaichean ann an Alba. B' e an Roinn Eòropa a' mhòr-thìr a bu chudromaiche airson co-obrachadh rannsachaidh cuideachd. A' coimhead ris an àm ri teachd, tha oilthighean na h-Alba airson barrachd oileanaich a thàladh ann às na Stàitean Aonaichte agus à Siona.

### Clàr 6



## Clàr 7



## Co-dhùnadh

Tha na dùthchannan a chaidh a chomharrachadh cudromach airson fàs ann an àsmhalairt, tasgadh direach bho thall thairis, turasachd a-steach, foghlam àrd-ìre agus rannsachadh uile gu math coltach ri chèile. Mar eisimpleir, tha an inbhe priomhachais às-mhalairt as àirde aig na Stàitean Aonaichte, 's e a' phriomh dùthaich a th' ann airson tasgadh direach a thall thairis cuideachd, agus bha e a' dèanamh suas 20% den chosg le luchd-tadhail eadar-nàiseanta ro-COVID-19 agus an dàrna àireamh as àirde de dh' oilleanaich eadar-nàiseanta. 'S ann stèidhichte air seo a sgrìobh sinn an dreachd liosta againn de dhùthchannan le priomhachas.

## Leas-phàipear C

### Cosg Riaghaltas na h-Alba air seirbheisean adhair

Clàr 8: Cosgaisean Sgeama Lasachadh Adhair

Bliadhna	Cosgaisean <sup>1</sup> (£ millean)	Luchd-siubhail (millean)	Cosgais gach neach-siubhail
2006-07 <sup>3</sup>	3.9	0.119	£33
2007-08	5.6	0.171	£33
2008-09	6	0.164	£37
2009-10	6.3	0.175	£36
2010-11	6	0.17	£35
2011-12	4.9	0.141	£35
2012-13	5.1	0.141	£36
2013-14	5.6	0.15	£37
2014-15	6	0.156	£38
2015-16	6.7	0.159	£42
2016-17	8.5	0.171	£50
2017-18	8.6	0.188	£46
2018-19	10.1	0.203	£50
2019-20	11.6	0.198	£59

- Tha na figearan a' gabhail a-steach a bhith a' toirt air ais cosgaisean nan lasachaidhean do chompanaidhean-adhair agus cosgais rianachd an sgeama agus tha iad air an cruinneachadh chun 100 mile as fhaisge.
- Tha na figearan a' gabhail a-steach tursan-adhair far an deach ath-dhioladh iarraidh bho neach-siubhail mar thoradh air mi-chleachdadh agus tha seo air a chuaireachadh chun mhile as fhaisge.
- Sgeama Lasachaidh Adhair air a thoirt a-steach sa Chèitean 2006

### Clàr 9: Subsadaidh Teachd a-steach agus Calpa Riaghaltas na h-Alba do HIAL

Bliadhna	Teachd-a-steach (£ millean)	Calpa (£ millean) <sup>2</sup>
2006-07	13.3	6.2
2007-08	20.3	8.1
2008-09	21.1	5
2009-10	20.2	6
2010-11	18.1	7
2011-12	17.9	8.7
2012-13	17.9	4.1
2013-14	14.71 <sup>3</sup>	7
2014-15	20.1	14
2015-16	20.3	18.1
2016-17	15.2 <sup>4</sup>	11
2017-18	20.4	10.1
2018-19	21.7	8.3
2019-20	24.3	14.1

- Tha na figearan seo a thaobh prìomh subsadaidhean teachd-a-steach agus calpa a chaidh a thoirt seachad le Còmhdhail Alba agus na buidhnean a bh' ann roimhe. Chan eil figearan a' gabhail a-steach subsadaidhean bho roinnean no buidhnean eile aig Riaghaltas na h-Alba. Tha iad air an cruinneachadh chun na 100 millean as fhaisg.
- Tha figearan a' gabhail a-steach maoineachadh tabhartais agus iasaid.
- Ann an 2013-14 bha subsadaidh teachd-a-steach HIAL nas isle na an àbhaist oir chaidh cuibhreann den easbhaidh ann an cosgaisean obrachaидh a choileanadh le bhith a' cleachdad airgead-tasgaidh a bha HIAL air cruinneachadh thar grunn bhliadhnaichean.
- Tha am figear a' gabhail a-steach £5.6 millean a fhuaireadh mar thoradh air cùis lagha eadar HIAL agus Comhairle Shealtainn.

### Clàr 10: Taic do Sheirbheisean Adhair

Bliadhna	Cosgaisean (£ millean)
2006-07	1.5
2007-08	1.6
2008-09	1.6
2009-10	2
2010-11	1.8
2011-12	2
2012-13	2.2
2013-14	2.3
2014-15	2.5
2015-16	3.2
2016-17	4.3
2017-18	5.0
2018-19	5.0
2019-20	5.7

- Tha figearan a' gabhail a-steach seirbheisean bho Għlaschu gu Ceann Loch Chille Chiarain, Tiriodh is Barraigh agus bho Dhùn Dè gu Lunnainn.

## Leas-phàipear D:

### Liosta de na ceistean

- Dè eile a bu chòir do Riaghaltas na h-Alba agus gnìomhas na Còmhdaileadh Adhair a dhèanamh, ma bu chòir dhaibh rud sam bith a dhèanamh, gus an gluasad gu còmhdaileadh adhair le nas luga de dh'eimiseanan/gun eimiseanan a dhèanamh nas luithe.
- Dè as urrainn do Riaghaltas na h-Alba dèanamh gus cur ri cleachdadh connadh itealain seasmhaich?
- Dè as urrainn do Riaghaltas a dhèanamh nad bheachd gus dèanamh cinnteach gum bi gluasad cothromach ann do chothromachadh carboin (*net-zero*) airson roinn còmhdaileadh adhair na h-Alba?
- A' cuimhneachadh air na dùblain agus na cothroman san àm ri teachd, dè na h-atharrachaidhean, ma tha gin ann, a bu chòir dhuinn dhèanamh air an dòigh-obrach againn gus cuideachadh gus ar namas airson ceangal eadar-nàiseanta a choileanadh?

Priomhachas	Tursan goirid	Tursan fada
1	A' Ghearmailt	SAA
2	An Fhraing	Sìona
3	Na Tìrean Ìseal	Canada
4	An Eadailt	Astràilia
5	Nirribhidh	Seapan
6	An Spàinn	
7	An Eilbheis	
8	A' Bheilg	
9	An t-Suain	
10	Èirinn	

- A bheil thu ag aontachadh leis na dùthchannan a gheibheadh priomhachas airson tursan goirid agus tursan fada sa chlàr gu h-àrd?
  - Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam
- Dè na dùthchannan eile air am bu chòir dhuinn fòcas a chur:
  - Thairis air ùine ghoirid (an ath 2 bliadhna)
  - Ùine mheadhanach (2 -5 bliadhna)
  - San ùine fhada (5 bliadhna +)
- Ciamar a bhrosnaicheas sinn a bhith a' cleachdadh plèanaichean nas èifeachdaiche, agus a' dèanamh cinnteach cuideachd gu bheil sinn a' cumail nan slighean a dh'fheumas Alba?
- Dè do bharail air a' bheachd gun ceannaireadh Riaghaltas na h-Alba plèanaichean gun eimiseanan gus an liosadh do loidhne-adhair sam bith a tha a' ruith slighean air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan?

9. Dè eile as urrainn do Riaghaltas na h-Alba dèanamh gus a amas a choileanadh gus seirbheisean adhair sgeidealaichte taobh a-staigh na h-Alba a dhì-charbonachadh ro 2040?

Nas lugh a de dh'iarritas airson seirbheisean adhair	An aon ìre de dh'iarritas airson seirbheisean adhair	Barrachd iarrtais airson seirbheisean adhair
<ul style="list-style-type: none"> <li>A' cleachdadh colabhairtean bhidio agus teicneòlas eile barrachd</li> <li>Telemedicine</li> <li>Fòcas air luchdturais a bhios a' cosg barrachd seach air barrachd luchdturais</li> <li>Goireasan nas fhèarr ann an eileanan</li> <li>Rèile fior luath</li> <li>Post agus stuthan leigheis gu bhith air an lìbhrigeadh le dròn</li> <li>Seirbheisean aiseig nas fheàrr agus/no ceanglaichean stèidhichte (drochaidean/cabhs airean/tunailean)</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Mun aon àireamh de dhaoine a' fuireach agus ag obair air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan (m.e. mar thoradh air fàs ann an roinn an lùths, barrachd dhaoine ag obair air astar agus aig an taigh, barrachd ghniomhachasan beaga ùr a' tòiseachadh is mar sin air adhart.)</li> <li>Gun atharrachadh a bhith air pàtranan siubhail làithreach</li> <li>Gun atharrachadh sam bi ris an dòigh anns a bheilear a' gluasad bathar</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Barrachd dhaoine a' fuireach agus ag obair air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan (m.e. mar thoradh air fàs ann an roinn an lùths, barrachd dhaoine ag obair air astar agus aig an taigh, barrachd ghniomhachasan beaga ùr a' tòiseachadh is mar sin air adhart.)</li> <li>Nas lugh a de luchdturais</li> <li>Cosgaisean nas isle mar thoradh air a bhith a' cleachdadh plèanaichean dealanach/hairridein</li> <li>Gluasad modh bho aiseag gu plèana</li> <li>Barrachd bathair air a giùlan am broinn ciste nam plèana/ann an seirbheisean bathair adhair air leth</li> </ul>

10. Dè na seirbheisean adhair a bu chòir a bhith ann gus feumalachdan muinntir na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus daoine a tha a' tadhail air a' Ghàidhealtachd is nan Eilean a choileanadh sna suidheachaidhean a chaidh ainmeachadh gu h-àrd:
- nas lugh a de dh'iarritas airson seirbheisean adhair
  - An aon ìre de dh'iarritas airson seirbheisean adhair
  - barrachd iarrtais airson seirbheisean adhair?
11. Tha a' mhòr-chuid de na seirbheisean adhair air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan air an lìbhrigeadh air stèidh coimeirsealta. Dè an dòigh as fheàrr san urrainn do Riaghaltas na h-Alba obrachadh leis an roinn phriobhaidh gus na seirbheisean adhair a lìbhrigeadh a tha a dhith nad bheachd?
12. Dè cho èifeachdach 's a tha an Sgeama Lasachaidh Adhair air a bhith ann an dèiligeadh ri faraidhean àrda?
13. Ciamar as urrainn do Riaghaltas na h-Alba an Sgeama Lasachaidh Adhair a leasachadh?
14. Dè do bheachd air a bhith a' cur seirbheis air iarrtas air dòigh gus cur ris a' mhodal obrachaidh, mar eisimpleir tagsaidhean adhair?

15. Dè do bheachd air seirbheis siartair fhosgailte?
16. A bharrachd air seirbheisean air iarrtas agus siartair fosgailte, a bheil modailean obrachaidh eile a ghabhadh cleachdadadh nad bheachd? Ma tha, dè a th' anna?

Gníomharaiche (operator)	HIAL	Comhairle Shealtainn	Comhairle Arcaibh	Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
Puirt-adhair	Barraigh Beinn na Faoghla Ceann Loch Chille Chiarain Dùn Dè Inbhir Nis Ìle Kirkwall Steòrnabhagh Sumburgh Tiriodh Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt	Fair Isle Foula Out Skerries Papa Stour Tingwall Whalsay	Eday Ronaldsay a Tuath Papa Westray Sanday Stronsay Westray	Colla Colbhasa An t-Òban

17. Dè na neartan agus laigsean a th' aig a' mhodal obrachaidh a tha air a mhìneachadh sa chlàr gu h-àrd?
  18. Dè na h-atharrachaidhean a bu chòir dèanamh air na h-uallachaidhean rianachd seo gus piseach a thoirt air seirbheisean nad bheachd, ma tha atharrachadh sam bith a dhìth?
  19. Dè na h-atharrachaidhean a bu chòir dèanamh air na h-uallachaidhean rianachd seo gus cosgaisean ruith a lùghdachadh nad bheachd, ma tha atharrachadh sam bith a dhìth?
  20. A bheil thu a' smaoineachadh gum bu chòir Riaghaltas na h-Alba companaidhean adhair a bhrosnachadh gus tiocaidean plèana is trèana a thabhan?
- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam
21. Ma fhreagair thu "tha" dè an dùigh a b' fheàrr sa b' urrainn do Riaghaltas na h-Alba seo a dhèanamh?
  22. Dè eile as urrainn do Riaghaltas na h-Alba dèanamh gus còmhdailean bathair adhair èifeachdach agus seasmhach a bhrosnachadh, nad bheachd?
  23. Dè eile a bu chòir do Ro-innleachd nan Seirbheisean Adhair a bhith ag amas air coileanadh?

# FOIRM FIOSRACHAIDH MUN NEACH-FREAGAIRT

## Co-chomhairle gus Ro-innleachd air seirbheisean adhair fhiosrachadh

Thoir an aire gum feumar am foirm seo a liionadh agus a chur air ais leis an fhreagairt agad.

Gus faighinn a-mach mar a làimhsicheas sinn an dàta pearsanta againn, faic am poileasaidh prìobhaideachd againn: <https://www.gov.scot/privacy/>

A bheil thu a' freagairt mar neach fa leth no mar bhuidhinn?

- Freagairt bho neach fa leth
- Buidheann

Ainm slàn no ainm na buidhne

Àireamh fòn

Seòladh

Còd-puist

Post-d

Bu toil le Riaghaltas na h-Alba cead fhaighinn bhuat gus an fhreagairt agad dhan cho-chomhairle a fhoillseachadh.

Dè b' fheàrr leat a thaobh a bhith a' foillseachadh na freagairt agad:

- Foillsich freagairt le ainm
- Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)
- Na foillsich an fhreagairt

### Fiosrachadh do bhuidhnean eile:

**Tha an roghainn 'Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)' ri fhaighinn do luchd-freagairt fa leth a-mhàin. Ma thèid an roghainn seo a thaghadh, thèid ainm na buidhne a thaghadh co-dhiù.**

**Ma thaghас tu an roghainn 'Na foillsich an fhreagairt', dh'fhaodte gun tèid ainm na buidhne agad a liostadh air an liosta de luchd-freagairt na co-chomhairle, mar eisimpleir, anns an aithisg anailis.**

Bidh sinn a' sgaoileadh na freagairt agaibh gu sgiobaidean poileasaidh eile taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba, sgiobaidean a dh'fhaodadh a bhith a' dèiligeadh ris na cùisean a thog sibh fhèin. Dh'fhaodadh gum bi iad ag iarraidh bruidhinn ribh sna làithean air thoiseach, ach feumaidh sinn ur cead airson sin a dhèanamh. A bheil sibh toilichte gum bi Riaghaltas na h-Alba a' bruidhinn ribh a-rithist mun cho-chomhairle seo?

- Tha
- Chan eil



**TRANSPORT**  
**SCOTLAND**  
CÒMHDHAIL ALBA

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2021

Faodaidh tu am fiosrachadh seo (gun suaicheantas an dealbhan) ath-chleachdadhar saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Riaghaltais. Gus an cead seo fhaicinn, faic <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/no-cuir-post-d> gu: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk)

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha lethbhreacan a bharrachd den sgrìobhainn seo rim faighinn, ma thèid sin iarraidh, ann an cruth claisneachd is faicsinneach agus ann an cànanan coimhlearsnachd. Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn/foillseachadh seo a chur thugainn aig [info@transport.gov.scot](mailto:info@transport.gov.scot)

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn air làrach-lìn Còmhdhail Alba aig: [www.transport.gov.scot](http://www.transport.gov.scot)

Air fhoillseachadh le Còmhdhail Alba, An Dàmhair 2021

Lean sinn:



**transport.gov.scot**



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
gov.scot